

MISE

...AGUS MO CHREIDEASAN


ÀS2:3



AONAD ÅS2:3

Anns an aonad seo, bidh thu:

- a' leasachadh nan sgilean èisteachd agus nan sgilean leughaidh agad tro sgrùdadadh theacsainnean ficsean agus fiosrachail.
- a' sgrùdadadh agus a' measadh bàrdachd agus rosg.
- a' cruthachadh pìosan sgrìobhaidh, mar eisimpleir:
 - o sgeulachdan mac-meanmnach
 - o pròiseact mu chreideamh
 - o postair
 - o bàrdachd
- a' leasachadh nan sgilean labhairt agad le taisbeanadh mu chreideamh, dealbhan-cluiche goirid agus còmhradh sa chlas.
- a' leasachadh nan sgilean càinain is gràmair agad le bhith a' toirt sùil air 'Bu' an àite 'Is' anns na tràthan seachad agus cumhach, a' cleachdadadh bhuadhairean feabhasach agus comasach anns na tràthan seachad agus cumhach, roimhearan co-cheangailte ri gnìomhairean agus abairtean sònraichte, a' coimhead air 'bean' agus 'mnathan', am modh àithneach agus mu dheireadh, an tuiseal gairmeach.



Tha creideamh agus spioradalachd aig cridhe cultar na Gàidhlig. Ged a tha sinn ann an iomadh dòigh a' fuireach ann an comann-sòisealta far a bheil mòran againn nach eil a' creidsinn ann an creideamh no cùisean spioradail, tha creideamh agus saobh-chreideamhan fhathast cudromach do mhòran ann an coimhearsnachdan Gàidhealach.

Le cinnt, 's e Crìosdaidheachd an creideamh as moth a thug buaidh air Alba agus air na cultaran is càin san dùthaich seo. Tha mòran fhaclan ann an Gàidhlig a tha co-cheangailte ri Crìosdaidheachd agus bheir sinn sùil air eachdraidh, buaidh is dileab Crìosdaidheachd air a' Ghàidhlig agus Alba.

Tha coimhearsnachdan na Gàidhlig air atharrachadh gu mòr cuideachd; tha daoine bho gach cinneadh agus creideamh ag ionnsachadh a' chàin anns an sgoil no mar inbhich. Tha Muslamaich air a bhith mar phàirt de chultar na Gàidhealtachd airson iomadh bliadhna agus bidh sinn ag obair air teacsainchean inntinneach a bhios a' sgrùdadadh a' cheangail eadar na Gàidheil agus a' choimhearsnachd Mhuslamach ann an Alba.

Ach chan urrainn dhuinn dìochuimhneachadh mu sheann chreideamh nan Gàidheal. Tha iomadh cleachdad a' tha fhathast bitheanta an-diugh fhèin – cuid de gheasagan, Oidhche Shamhna agus ged nach eil mòran dhaoine an-diugh a' creidsinn ann an sìthichean, tha gu leòr a' creidsinn fhathast anns an dà shealladh.

Mu dheireadh, bheir sinn sùil air a' bhàs agus air ìobairt. Ged as e cuspairean doirbh a th' annta le chèile, tha bàs na phàirt chudromach de bheatha gach duine againn agus tha creideamh a' toirt cofhurtachd agus cobhair do dhaoine a tha a' caoidh. Tha ìobairt a' togail ceist dhuinn uile – dè dhèanamaid airson ar creideimh agus dè tha sinn deònach a leigeil às air sgàth dhaoine eile?

Nach buail sinn oirnn!

Le meas,

Goiridh

CLĀR-INNSE

1. Geasagan	4	
2. Oidhche Shamhna	5	
3. Coinneach Odhar – Fiosaireach Bhrathainn	7	
4. Gun Fhois	11	
5. Cànan: A' cleachdadadh Bu and àite Is anns na tràthan seachad is cumhach Cànan: A' cleachdadadh bhuadhairean feabhasach agus coimeasach anns na tràthan seachad agus cumhach.	13	
6. An Dà Shealladh – Sileas NicChoinnich	18	
7. Call anns na h-Eileanan Flannach	19	
8. Dàn – Màiri Nicillinnein	21	
9. Cànan: roimhearan co-cheangailte ri gnòmhairean is abairtean sònraichte	22	
10. Taibhs – Ruairidh MacDhòmhnaill	26	
11. Os-nàdarrachd	28	
12. Carmina Gadelica	30	
13. Am beannachadh strùthain: Là Fèill Mhìcheil	32	
14. Taigh-adhraidh	35	
15. Calum Cille	37	
16. Fèill Phàdrug	39	
17. Am Bioball – ann an leabhar agus ann an lego!	41	
18. Obair an t-soisgeil ann an Alba	42	
19. Ùrnaigh agus sailm	44	
20. Smuain na Maidne	47	
21. Cànan: am modh àithneach / òrdughan	48	
22. Fàilte dhut, a Mhoire	50	
23. Cànan: bean agus mnathan	51	
24. Adhradh Gàidhlig ann an Dùn Èideann	53	
25. Creideamhan eile ann an Alba	55	
26. An Duine Dubh	57	
27. Eilthirich còmhla – na Gàidheil agus na Pagastanaich	59	
28. Atharrachadh ainm, atharrachadh anama – Malcolm X agus Muhammed Ali	62	
29. Cànan: an tuiseal gairmeach	67	
30. Ana-chreidheamh no neo-dhiadhachd	69	
31. Ùisdean Mac a' Mhuilleir: a' strì le creideamh	70	
32. Bàs	72	
33. Tiodhlacadh Gàidhealach	73	
34. Am bàs agus an dà shealladh	76	
35. Aig a' chladh	77	
36. Às dèidh a' bhàis	79	
37. Ìobairt	83	
Measadh 1 Leughadh – Sgeul logantach	87	
Measadh 2/3 Sgrìobhadh agus Labhairt – Taisbeanadh	89	
Measadh 4 Èisteachd – Camino de Santiago	91	



1. GEASAGAN

Bha tòrr creideis aig daoine uaireigin ann an cleachdaidhean a bhiodh cuid a' meas neònach.

'S e **geasagan** a chanas sinn ris na rudan seo.

Bha e mì-shealbhach a bhith:

- a' cur bhrògan air a' bhòrd
- a' dòrtadh salainn
- a' bristeadh sgàthan
- a' dol gu muir còmhla ri ministear
- a' feadaireachd air latha gaothach

Bha e sealbhach:

- nan deidheadh cat dubh seachad air do bheulaibh
- nam faiceadh tu a' ghealach ùr agus bonn-airgid nad bhois.
- nam bristeadh barall do bhròig
- nam faigheadh tu prìne air an làr



**Geasagan lasgairean –
Tha geasagan gu math cumanta
am measg iasgairean!**

Èist ris a' chlàradh seo bho Thobar an Dualchais:

[http://www.tobarandualchais.co.uk/en/
fullrecord/36827/3;jsessionid=C40D1A468968039ED008B4F813B808C1](http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/36827/3;jsessionid=C40D1A468968039ED008B4F813B808C1)

Bhiodh iasgairean a' creidsinn nach glacadh iad dad nan iteadh iad ugh air neo nam faiceadh iad coineanach ro-làimh. Bhathar a' creidsinn cuideachd gun robh e mì-fhortanach uisce a thoirt do bhàta eile. Rinn duine seo aon latha agus cha mhòr nach deach bodach a bha uabhasach geasagach à cochall a chridhe. Thilg e salann air an teine.



Obair 1

Beachdaich air na geasagan air an do bhruidhinn sinn gu h-àrd agus air geasagan eile a chuala tu fhèin.

- An smaoinich thu dè thug air daoine a bhith a' creidsinn a leithid? Saoil an robh adhbhar air cùl nan cleachdaidhean aca?
- A bheil creideas mar seo agad fhèin, air neo aig cuideigin as aithne dhut? Carson?



2. OIDHCHE SHAMHNA

Obair 1

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a leanas.

Gach bliadhna air an aonamh latha deug air fhichead den Dàmhair 's e Oidhche Shamhna a th' ann. 'S e oidhche a th' ann nuair a tha daoine den bheachd gu bheil bana-bhuidsich a' seòladh tron adhar agus gun urrainn do thaibhsean agus spioradan tadhal air na seann dachaighean aca.

'S e seann chuirm Cheilteach a th' ann an Oidhche Shamhna agus thathar a' smaoineachadh gun do thòisich e leis na Gàidheil ann an Èirinn is Alba. Bhiodh na Ceiltich a' dèanamh mòran airson deireadh an t-samhraidh agus toiseach a' gheamhraidh a chomharrachadh. Bha iad a' smaointinn gun robh na teintean seo a' cumail nan droch spioradan air falbh.

Tha diofar chleachdaidhean co-cheangailte ri Oidhche Shamhna. Ann an Alba, bidh clann a' cur aodach orra gus am bi iad coltach ri taibhse no bana-bhuidseach no rudeigin eile. 'S e gidhis a chanar ris an seo. Bidh aghaidh-choimheach air a' chloinn gus nach aithnich daoine iad. Bidh iad a' dol a-steach do thaighean faisg orra agus a' gabhail òran no bàrdachd no ag innse stòridh no rudeigin èibhinn. Bidh iad an uair sin a' faighinn mheasan agus cnothan no suiteas airson na rinn iad. Aig deireadh na h-oidhche bidh na pocannnan aca làn agus cumaidh na bhios annta iad a' dol le rudan milis airson na sgoile airson seachdain no dhà.

Bha e na chleachdadadh cuideachd a bhith a' giùlan lanntair air a dhèanamh à snèap. Bhiodh broinn na snèip air a sgrìobadh a-mach agus bhiodh coinneal a' dol na broinn a bhiodh a' déàrrsadhbh tro na sùilean agus sròn agus beul a chaidh a ghearradh anns a' chliathaich. A rèir beul-aithris, chumadh seo na droch spioradan air falbh.

Ceistean

- Dè bhios daoine a' smaoineachadh a bhios a' tachairt air Oidhche Shamhna?
- Cò thòisich Oidhche Shamhna?
- Dè bha na teintean aig na Ceiltich a' comharrachadh?
- Dè bha iad a' smaoineachadh a bhiodh a' tachairt air sgàth nan teintean?
- Nad fhaclan fhèin, minich dè th' ann an gidhis.
- Mìnich dè bhiodh iad a' dèanamh le snèap.
- Dè an seòrsa earrainn a tha seo?

*Sgrìobhadh Fiosrachail

*Sgrìobhadh pearsanta

*Sgeulachd ghoirid



Obair 2

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean a leanas.

Ceistean

- a. Mìnich an gèam Oidhche Shamhna a bha air a chluich le uisge.
- b. Mìnich an gèam Oidhche Shamhna a bha air a chluich le trèiceil.
- c. Dè an rud eile, a bharrachd air a bhith a' dol gu taighean, a bhiodh a' tachairt ann an Èirinn?
- d. Dè na trì rudan a bhiodh am broinn 'barmbrack' a' ciallachadh?
 - i. luideag
 - ii. fàinne
 - iii. bonn
- e. Dè a' bhuaidh a bh' aig Ameireaga air Oidhche Shamhna?
- f. Cò as trice a bhios a' dol a-mach a-nis?





3. COINNEACH ODHAR – FIOSAICHE BHRATHAINN

Anns na linntean a dh' fhalbh, bha daoine a' creidsinn anns an dà shealladh, ann am buidseachd, ann an leigheasan neònach agus cleachdaidhean neònach. Bhiodh iad a' faicinn' agus a' cluinntinn' nithean agus gan gabhail mar chomharran.

Leughaibh an sgeulachd mar chlas agus freagraibh na ceistean a-g..

Coinneach Odhar, Fiosache Bhrathainn

Bha na seann Ghàidheil a' creidsinn gu làidir ann am fàidheadaireachd. Gu tric chanadh iad an dà-shealladh neo an àrda-sealladh ris. Bha iad dhen bheachd gun robh daoine àraidih ann aig an robh comas neo-àbhaisteach a bhith a' faighinn eòlas air rudan a bha a' dol a thachairt.

Cha robh na daoine aig an robh a' ghibht seo moiteil aiste; 's ann a bhiodh iad toilichte a bhith às a h-aonais. Abair gun coinnicheadh tu fhèin ri caraid air an rathad, chitheadh tusa e na aodach àbhaisteach, ach nan tachradh am fàidh ris an aon duine agus e dlùth ri bàs, chitheadh e e na aodach-mairbh. Chanadh tu nach b' e gibht a dh' iarradh duine a bhiodh an sin.

Am measg fàidhean no fiosaichean na Gàidhealtachd b' e Coinneach Odhar am fear a b' ainmeile. Bha urram aig Coinneach mar fhàidh na sgìre fhèin, ach sgaoil a chliù air feadh a' chinn a Tuath, agus eadhon an-diugh cluinnear gu tric iomradh air na rudan neo-àbhaisteach a labhair e.

Tha mòran ann am beul-aithris na Gàidhlig mu dheidhinn agus chaidh iomradh sgnòbhte fhaighinn ann an seann phàipear a bha air a sgrìobhadh ann an Laideann, leis an luchd-riaghlaidh, anns a' bhliadhna 1577.

Tha Coinneach air ainmeachadh anns a' phàipear seo mar Keonoch Owir, fior dhraoidh. Chaidh a chur an sàs airson na h-obrach ris an canadh iad 'An Sgoil-dhubh' agus a rèir laghan nan làithean ud, bha draoidhean air an cur gu bàs, ged nach eil fhios againn ciamar dìreach a chaidh do Choinneach.

Seach gun tòanig na sgeulachdan eile a bh' agaínn mu Choinneach a-nuas tro na linntean bho bheul-aithris, bha cunnart ann gun deidheadh mòran a chur riutha. Feumar aideachadh cuideachd gu bheil mòran den fhàidheadaireachd a chaidh ainmeachadh air Coinneach glè choltach ri fàidheadaireachd Thomais nan Rann, fàidh ainmeil eile a bhuineadh don Ghalltachd, mu thrì cheud bliadhna ro àm Choinnich.

Ma dh'fhaoidte gum biodh na Gàidheil eudmhòr mu chliù am fàidh fhèin, agus is dòcha gun cuireadh iad facail le Tomas ann am beul Choinnich.

Ach a dh'aindeoin sin, chaidh iomradh air fàisneachd Choinnich air feadh na dùthcha, agus tha e glè shoilleir gun robh buaidh mhòr aig na thuirt e air inntinnean an t-sluaigh. Bha aithne aca air cuid de nithean mun do labhair e, agus nuair a thachradh rudan àraidih, bha daoine den bheachd gun robh seann fhàisneachd, air an robh iad eòlach fada roimhe sin, air a coileanadh. Seo feadhainn de na h-eisimpleirean as ainmeile de fhàisneachd Choinnich Odhair:

* Bhruidhinn e air each mòr dubh, a' brùchdach teine agus a' slaodadh charbadan tro na glinn. Corr is dà cheud bliadhna às dèidh sin bha loidhnichean trèana air an togail air feadh na Gàidhealtachd.

* Thuirt e gun ruitheadh abhainn de dh'uisge is teine fo shràidean Inbhir Nis agus a-staigh dhan a h-uile taigh. Bha pìoban an uisge is gas air an cur sìos anns an

19mh linn.

* 'S ann le bròn a bhruidhinn Coinneach air an latha a ruitheadh Cùil Lodair le fuil, nuair a bhàsaicheadh a' chuid a b' fheàrr de na Gàidheil ann an cogadh ann an adhbhar an Rìgh. "Bidh a' mhòinteach, mus tig mòran ghinealaich, air a dath leis an fhuil as fheàrr ann an Alba. Cha bhi mise beò airson fhaicinn agus tha mi taingeil airson sin."

Mar a dh'fhàs a chliù, dh'fhàs fàidheadaireachd Choinnich na bu neònache. Bhruidhinn e air bàtaichean mòra a' seoladh tron Ghleann Mhòr, tarsainn air Alba. Thàinig na thuirt e gu bith nuair a thogadh an 'Canàl Cailleannach' ceudan bhliadhnaichean às a dhèidh.

* Fhuair e sealladh gum biodh Tom na h-lùbhraich, cnoc ann am meadhan Inbhir nis, fo ghlais. "Aon latha bidh Tom na h-lùbhraich fo ghlais agus bidh na sìthichean glaiste na bhroinn". Ann an 1860 rinn iad cladh ann agus chuir iad bàtaichean iarainn agus geata le glas air timcheall a' chnuic sin.

* "Gheibh baile aig a bheil ceithir eaglaisean, spiris eile" thuirt Coinneach "agus thig bàta às an adhar agus leagaidh i acair an sin". Thachair a' chùis àraig seo ann an 1932 nuair a b' fheudar dha plèana tighinn a-nuas gu luath agus a chaidh ròp fo bhonn a' phléan a cheangal le spriris na h-eaglais ùir.

* Thuirt e cuideachd gum biodh ola anns a' Chuan a Tuath. "Thig uisge dubh agus bheir e beairteas do dh'Obar Dheathain".

* Bhruidhinn e air an latha a bhiodh Pàrlamaid aig Alba a-rithist. Thuirt e nach tigeadh an latha sin gus am b' urrainn do dhaoine coiseachd gun bhròg a fhliuchadh eadar Sasainn agus an Fhraing. Dh'fhosgail tunail Chaol Shasainn a leigeadh le leithid sin de choiseachd tachairt agus beagan bhliadhnaichean às dèidh sin dh'fhosgail a' chiad phàrlamaid Albannach bho 1707.

Chan eil fhios le cinnt càit an do rugadh Coinneach, ach b' e beachd a' mhòr-shluagh gum b' e Baile na Cille, Eilean Leòdhais àite a bhreith. Bha iad a' creidsinn gun do rugadh e mun t-seachdamh linn deug, ach bhon phàipear air an deach bruidhinn mar-thà, tha fios againn a-nis gun robh e beò còrr is ceud bliadhna roimhe sin.

Tha caochladh sgeulachdan neònach air an innse mu làithean òige Choinnich. Tha e air a ràdh gun d' fhuair e grèim uaireigin air clach a bha anabarrach bòidheach an dath is an cumadh, is toll tron mheadhan. An uair a bheireadh e sùil troimhpe, chitheadh e sealladh air rudan a bha ri teachd.

Bha feadhainn a' cantainn gun d' fhuair e a' chlach dhòmhair seo bho thaibhse nighean Rìgh Lochlainn. Ceudan bliadhna roimhe sin, chaidh am bàta air an robh i seo a' seòladh a chall mu chladaichean an lar air Leòdhais.

Tha cuid eile ag ràdh gun do thuit e aon latha ann an cadal trom, is e na laighe air cnoc, agus nuair a dhùisg e, gun do dh'fhaich e a' chlach chruaidh fodha. Tha cuid eile ag ràdh gun robh e aon latha a-muigh air a' mhonadh na aonar, agus gun tòinig e air a' chloich ann an nead fitheach. Bha iad a' cantainn gun do chaill e fradharc të de a shùilean a' chiad uair a choimhead e tron chloich, agus gun robh e dall anns an t-sùil sin riamh às dèidh sin. Tha measgachadh sgeulachdan ann agus chan eil cinnt ann dè dhiubh a tha flòr, ma tha gin idir!

Chaidh cliù Choinnich mar fhàidh am meud leis an fhàidheadaireachd a rinn e mu cheannard Chlann MhicCoinnich, aig an robh sgìre Chinn Tàile, agus a bha a' fiuireach ann an seann Chaisteal Bhrathainn.

Tha e coltach gun deach Coinneach agus Baintighearna Bhrathainn a-mach air a



chèile an uair a labhair e mu rudan nach bu mhath leatha a chluinntinn. Bha fios aice nach toireadh am marbh fianais, agus chuir i air gun robh e ri draoidheachd. Chaith Coinneach Odhar a chur gu bàs ann am baraille tearra, faisg air far a bheil an taigh-solais na sheasamh an-diugh air Rubha na Cananaich, an taobh an ear de Shiorrachd Rois.

Bha a' Bhaintighearna am measg an fheadhainn a lean e dhan àite sin. Is ann an uair a bha iad a' magadh air, air an rathad, a thionndaidh e rithe, agus a rinn e an fhàisneachd ainmeil mun cluinnear gu tric fhathast.

"Tha mi a' faicinn", ars esan, "an t-larla mu dheireadh a bhios ann an Caisteal aosta Bhrathainn. Cha bhi a theaghlach ann an Cinn Tàile tuilleadh na dhèidh, agus bidh oighreachd Chinn Tàile nan àrd-bheann aig coigrich. Bidh an t-larla mu dheireadh bodhar, balbh. Bidh ceathrar mhac aige, agus chì e an ceathrar roimhe san uaigh. Bidh e na dhuine brònach, truagh, agus fhios aige nach bi duine a bhuineas dha a' tighinn às a dhèidh."

Thàinig na briathran a-nuas thugainn tro na linnteann, agus bha iad air bilean dhaoine fada mun tàinig deuchainnean cho goirt air teaghlach aosmhor Chinn Tàile.

Anns a' bhliadhna 1815, nuair a chaochail an t-larla mu dheireadh, bha mòran de na thachair dha coltach ris an fhàisneachd.

Chan fheum duine fàidh airson innse gum bi a' bheag no a' mhòr de dhuilgheadasan aig gach duine. Ach tha e duilich a thuigsinn ciamar a bha an fhàisneachd seo cho coltach a thaobh teaghlach Bhrathainn.

Bha an ceann-cinnidh mu dheireadh a bh' ann an Cinn Tàile bodhar tro thinneas na òige, ach ged a bha e caran liotach, cha robh e balbh.

Chaochail triùir mhac an larla seo roimhe fhèin. B' èiginn dha, le cion airgid, oighreachd Chinn Tàile a reic, agus às dèidh a bhàis, reiceadh Eilean Leòdhais, agus oighreachdan eile a bhuineadh don teaghlach.

Is dòcha gur e faoineas a tha ann am mòran dhe na sgeulachadan aig Coinneach Odhar, ach bheir iad ma dh'fhaioite beagan tuigsinn air an dòlmhaireachd mhòr timcheall air ar beatha air an talamh agus gu bheil an Cruinne-cè dha-rìribh iongantach!

A-nis, 's dòcha gun robhar a' faicinn Choinnich mar dhuine neònach na latha, ach cha bhiodh e air a mheas am measg an t-sluagh mar dhroch dhuine. Bhiodh iad a' coimhead air mar neach aig an robh spiorad a fhuair saorsa, air dhòigh is gun robh comas aige air rudan fhaicinn 's a chluinntinn nach robh aig daoine eile.

- a. Sgrìobh faclan sam bith a tha ùr dhut no nach eil thu buileach a' tuigsinn. Thèid an tidsear thairis orra sin leis a' chlas.
Cleachd am faclair air duilleag 10 airson do chuideachadh cuideachd.
- b. Dè bhiodh feadhainn aig an robh an dà-shealladh a' faireachdainn mu dheidhinn?
- c. Dè thachair leis na sgeulachdan aig Coinneach seach gun tàinig iad a-nuas tro bheul-aithris?
- d. Ainmich trì de na fàisneachdan aig Coinneach a thàinig gu buil.
- e. Inns beagan mu òige Choinnich agus mar a fhuair e an dà-shealladh.
- f. Thoir iomradh air mar a thachair do Chlann MhicCoinnich às dèidh do Choinneach fàisneachd a dhèanamh mun deidhinn.
- g. Thainig fàistneachd Choinnich Odhair gu buil grunn thursan. Dè ur beachd? Tubaist, tuiteamas no an robh rudeigin eile air a' chùl? Sgrìobh paragraf a' mìneachadh do bheachd.

FACLAIR

gu teachd	ri thighinn
eadhon	fiù 's
iomradh	sgeul, aithris
a labhair e	sgeul, aithris
draoidh	fiosaire
siorraidi	sheriff
cliù	ainm math
seach	bhon
feumar aideachadh	feumaidh sinn a ràdh
a' Ghalltachd	ceann a deas Alba
buaidh	buil
sluagh	daoine, muinntir
àraigdh	annasach
air a coileanadh	air tighinn gu buil, air tachairt
caochladh	àireamh, measgachadh
cladh	àite-adhlacaidh
acair	uidheam trom a bhios a' ceangal bàta ri grunnad na mara
anabarrach	uabhasach
fitheach	starrag mhòr, dhubbh a bhios beò air closaichean
mheudaich cliù Choinnich	chaidh cliù Choinnich am meud/dh'fhàs e
larla	triath
fianais	fiosrachadh
oighreachd	fearann
coigrich	daoine à àite eile
bodhar is balbh	gun chlaisneachd is gun chomas bruidhinn
aosmhòr	uabhasach sean
ceann-cinnidh	chief
liotach	stadaich ann an cainnt
cumha	bàrdachd a' caoidh cuidgein
b' eigin dhà	b' fheudar dhà air sgàth èiginn
faoineas	gòraiche
dìomhaireachd	gnothaichean falaichte
cruinne-cè	an saoghal gu lèir



4. GUN FHOIS

Thàing an earrann seo à ro-radhd an leabhair aig Eilidh Watt 'Gun Fhois', far a bheil i a' toirt iomradh air sgeulachdan mun dà shealladh.

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a tha ga leantainn.

Gun Fhois

Nach fhaodadh sinn barrachd feum a dhèanamh de bhuidhan ar n-inntinn nan robh tuigse againn air an neart, air an crìochan?

Tha mi den bheachd gu bheil am bad seo den eanchainn ag obair nas fheàrr nuair a tha an inntinn bànn, socair. Faodaidh seo a bhith aig àm sam bith den latha ach gu h-àraidh às dèidh dhuinn obair dhuilich a leigeil dhinn.

Tha cuimhne agam air feasgar is mi a' dol seachad air sràid is sealladh fhaicinn. Gu soilleir chunnaic mi geug àrd is grian an earraich oirre, is muir dhorchá, luisgeanach aig a' bhonn, gun ghrian. Airson tiotan tha mi a' smaoineachadh gun do choimhead mi tro shùilean neach eile a bha a' seasamh aig an doras aige a' coimhead air saoghal àlainn agus an t-earrach mu dheireadh a chitheadh e.

Is an uair sin bha mi air taobh thall na sràide is gun fhios agam ceart dè bh' air tachairt.

Thàinig e a-steach orm gur e sealladh à taigh bràthair m' athar a chunnaic mi. Cha robh mi air bràthair m' athar no an taigh aige fhaicinn bhon a bha mi nam phàiste beag. Gu mì-fhortanach, cha robh fada ann gus an cuala mi an sgeul dhuilich gun do bhàsaich e.

Thug an sealladh a-staigh orm gur e cho trang 's a tha sràidean an latha an-diugh aon adhbhar air an dà shealladh a bhith a' dol às.

Chuala mi duine firinneach as aithne dhomh ag aithris mar a chuala e fuaim blàir is sabaid uabhasach nuair a bha e a-muigh a' coiseachd. Bha na ceudan bhliadhnaichean bhon a bha blàr air tachairt an sin.

Chan eil freagairtean agam ach mòran cheistean. A bheil faileas tachartas borb air a shùghadh a-steach don àite san do thachair e? Carson a chluinnear fuaim aig aon àm is nach cluinn aig àm eile? A bheil a ghathan a' dol an taobh eile, mar ghathan bho thaigh-solais air a bheil uinneagan a tha a' tionndadh mun cuairt gu gach taobh is

a tha dorcha do chuid aig amannan? An ann annainn fhèin a tha an dìth tuigse nach fhaic is nach chluinn sinn daonnan?

Tha mi dhen bheachd gu bheil an dà shealladh a' ruith ann an teaghlaichean is gu bheil e nas trice am measg chloinne na thathas a' gabhail a-staigh.

Tha mi den bheachd gu bheil mòran againn a' faighinn brath air tachartas a tha fhathast anns a' bheairt, gum faic sinn gnìomhan nach do thachair fhathast; gun cluinn sinn fuaimean nach deach fhathast a dhèanamh.

A thaobh tòm, ciamar a thachras e gum faic is gun cluinn cuid againn bloigh seallaidh no fuaim bho àm eile.

A bheil a h-uile nì air a dhealbh fada mun cuir sinn eòlas air? An e faileas saoghal eile a tha nar saoghal-ne?

(atharraichte)

Faclair	
bad – pàirt	pàirt
air sùghadh – air a dhol a-steach	air a dhol a-steach
gathan	aitealan
daonnan	an-còmhnaidh
fhathast anns a' bheairt	fhathast ri thighinn
bloigh	pìos beag, crìomag

Ceistean

- Cuin as fheàrr a tha an eanchainn ag obair ann am beachd Eilidh?
- Dè an sealladh a fhuair Eilidh fhèin? Càit an robh i nuair a thachair e? Dè thachair goirid às dèidh dhan seo tachairt?
- Cuin a chuala an duine firinneach blàr is sabaid? Dè am beachd a th' aig Eilidh air carson a dh'fhaodadh seo a bhith a' tachairt?
- Ciamar a tha Eilidh a' samhlachadh "gathan" an dà sheallaidh?
- Dè tha an abairt "fhathast anns a' bheairt" a' ciallachadh?
- Dè a' cheist mu dheireadh a tha aig Eilidh? A bheil thu ag aontachadh rithe? Thoir adhbhar airson do bheachd.



5. CÀNAN:

A' CLEACHDADH BU AN ÀITE IS ANNS NA TRÀTHAN CAITHTE AGUS CUMHACH

B

B

'S e **Bu/B'** an cruth anns an tràth chaithte agus anns an tràth chumhach de **Is/S'**.

Chì thu grunn eisimpleirean de **Bu** agus **B'** anns an aonad seo.

Ann an suidheachadh sam bith far am bi thu a' cleachdad **Is** no **'S**, faodaidh tu **Bu** no **B'** a chleachdad airson an rud a chur a-steach dhan tràth chaithte no dhan tràth chumhach.

Mar eisimpleir:

B

B' ann an 1939 a thòisich an Dara Cogadh.
Cha **b'** e seo an rud a **bu** neònáiche.
B' e Gibbs a bh' ann.
Bha e fada **na bu** luaithe.
Cò bu choireach? **B'** e Gibbs a **bu** choireach!
B' ann à Glaschu a bha i.
Cha **b'** urrainn dhomh gluasad.
Bu chòir dhomh falbh.

Bu

Tha **Bu** ga ghiorrhachadh gu **B'** ro fhuaimreagan, no fuaimean fuaimreig,

Bu toigh leam seòclaid ach **B'** fheàrr leam seòclaid.

Seo eisimpleirean eile de structuran cumanta a' cleachdad seo.

Dè **b'** urrainn dha a dhèanamh?
Am **b'** fheàrr leatha sin a dhèanamh?
Cha **b'** àbhaist dha a bhith na mhinistear
Nach **bu** toigh leat a bhith nad mhinistear?
Bu mhiann leam a dhol dhan oilthigh.
Bu mhath leam bruidhinn rithe.
Bu chòir dhomh sin a ràdh rithe.
B' aithne dhomh Fionnlagh nuair a bha e san oilthigh.
Cha **b' ann** an-dè a bha sin.
Cò **bu choireach** airson na tubaist?

Bu

B

A' CLEACHDADH BUUADHAIREAN FEABHASACH AGUS COIMEASACH ANNS NA TRÀTHAN CHAITHTE AGUS CUMHACH

Bha

Bha an t-side **na b'** fheàrr an-dè. **B' e** sin an latha a **bu** teotha den t-seachdain.

Bidh thu gu math cleachdte ri bhith ag obair le buadhairean coimeasach agus feabhasach mar seo anns na tràthan làithreach agus teachdail.

Mar eisimpleir:

Buadhair: Tha Cailean mòr.

Coimeasach: Tha Cailean nas mothà

Feabhasach: 'S e Cailean as mothà.

Bu

Ach nuair a thèid buadhairean mar seo a cleachdad anns an tràth chumhach no anns an tràth chaithte, tha atharraichean eile ann.

Mar eisimpleir:

Buadhair: Bha Cailean mòr.

Coimeasach: Bha Cailean **na bu** mhotha.

Feabhasach: B' e Cailean **a bu** mhotha.

Bu

Cleachdaidh sinn an coimeasach **na bu** ron buadhair atharraichte. Bidh am feabhasach a' cleachdad **a bu**.

Thoir fainear gu bheil an t-eisimpleir den fheabhasach a' cleachdad **B' e** an àite **'S e**, oir tha an seantans san tràth sheachad.

Bidh **Bu** a' sèimheachadh mas urrainn. (a' cur h às dèidh a' chiad litir) Tha **Bu** ga ghiorrhachadh gu **B'** ro fhuaimreagan, no fuaimean fuaimreig cuideachd.

Mar eisimpleir:

na b' àirde

a b' inntinniche

na b' fhuaire

a b' fheàrr

B' fheàrr leam gun robh seo na b' phasa!

B'e

Obair 1

Leugh na seantansan. Lìon na beàrnan leis na faclan ceart bhon bhogsa.

- a. B' e an t-iasg an rud _____ air a' chlàr-bìdh.
- b. An robh am bruthadh-fala na _____ an-dè?
- c. Chleachd e a bhith _____.
- d. Cha b' e siud an rud _____ ge-tà!
- e. Am b' e siud an togalach _____ air an t-saoghal?
- f. Bha mi a' faireachdainn_____.
- g. B' e siud an cat _____ a chunnaic mi riamh!
- h. Bha Raonaid _____ air Matamataig.

na b' fheàrr	na b' àirde
na bu mhiosa	na bu reaimhre
a b' fheàrr	a b' àirde
a bu mhiosa	a bu reaimhre

Obair 2

Atharraich na seantansan seo chun na tràth theachdail.

Coimhead air ais air an fhiosrachadh air duilleagan [13 agus 14](#) airson do chuideachadh.

- a. Chan eil Gearmailtis nas phasa na Gàidhlig.
- b. A bheil Ruairidh nas òige na Dòmhnaill?
- c. Tha am bus nas slaodaiche.
Chan eil an Subaru nas luaithe na am BMW.
- d. An e Alasga an t-àite as fhuaire?
- e. 'S e sin an tràean as anmoiche a-nochd.
- f. 'S e corra-mhitheagan am meas as blasta.
- g. Chan e Glaschu am baile as lugha ann an Alba.
- h. An fheàrr leis sin ithe?
- i. Chan àbhaist dhi a bhith na tidsear.
- j. Nach toigh leat a bhith nad dhotair?
- k. 'S miann leam a dhol dhan Spàinn.
- l. 'S math leam bruidhinn riut.
- m. 'S aithne dhomh Raonaid gu math.
- n. Chan ann à Inbhir Nis a tha i. 'S ann às an Òban a tha i bho thùs.
- o. Cò as coireach ris an trioblaid? 'S e Coinneach as coireach.

Obair 3

Freagair na ceistean a leanas ann an Gàidhlig.

- a. An robh thu a' faireachdainn na bu thoilichte an-dè na tha thu an-diugh?
- b. An do dh'èirich thu na bu thràithe an-diugh na an-dè?
- c. An robh an t-sìde na b' fheàrr an-dè?
- d. An robh i na bu theotha an-dè na tha i an-diugh?
- e. An robh suiteis na bu shaoire nuair a bha thu beag?
- f. An robh thu na bu thraighe an-dè?
- g. A bheil thu a' smaoineachadh gun robh thu na b' fhallaine nuair a bha thu na b' òige?
- h. An do dh'obraich thu na b' fheàrr anns an sgoil an-dè?

Obair 4

Dèan suirbhidh air a' chlas.

Tagh ceist bhon liosta ann an obair 4 no dèan fhèin suas ceist. Cuir a' cheist air a h-uile duine sa chlas agad – air an tidsear cuideachd!

Obair 5

Dè tha na seanfhaclan seo a' ciallachadh?

Tha buadhair coimeasach anns gach fear dhiubh.

Obraich còmhla ri caraid mas fheàrr leat.

- Tha trì imrichean nas miosa na an teine.
- Cha tèid bòidhchead nas doimhne na an craiceann.
- Cha tèid an sionnach nas fhaide na bheir a chasan e.
- Tha e nas glice cruach-mhònadh a losgadh còmhla ri duine mus pòs thu e.
- Bidh an t-ubhal as fheàrr air a' mheangan as àirde.
- Chan i a' bhò as àirde geum as mothà bainne.
- Far as taine an abhainn, 's ann as mothà a fuaim.
- Is mìne min na gràn, is mìne mnathan na fir.






6. AN DÀ SHEALLADH – SÌLEAS NICCHOINNICH

Eist ris an earrainn seo a chaidh eadar-theangachadh bhon leabhar aig Sìleas NicChoinnich. Rugadh is thogadh i air Eilean Tighe, eilean beag far cost an iar Ratharsair. San leabhar, tha i ag innse mu dhòigh-beatha an eilein anns an linn a dh'fhalbh.

Freagair na ceistean a-h.

- a. Dè beachd athair Shìleis air a' ghibht a bh' aige?
- b. Dè air am biodh e a' faighinn sealladh?
- c. Dè thachair do Iain MacNeacail?
- d. Dè an obair a bha air a bhith aige?
- e. Dè bha a' nochdadhbh gun robh athair Shìleis a' faicinn rudeigin?
- f. Dè chunnaic màthair Shìleis?
- g. Cuin a smaoinich a h-athair air na bha air tachairt a-rithist?
- h. Dè tha Sìleas ag ràdh mun t-seòrsa duine a bha na h-athair?





P. CALL ANNS NA H-EILEANAN FLANNACH

Leugh an earrann seo a chaidh a sgrìobhadh le Catriona Dunn agus freagair na ceistean.

B' ann anns a' bhliadhna 1899 a chaidh an taigh-solais air na h-Eileanan Flannach a thogail. Aig deireadh na h-ath bhliadhna nuair a ràinig An Hesperus, (am bàta a bhiodh a' tighinn le sgioba ùr) chaidh mothachadh nach robh solas air agus nach deach ullachadh sam bith a dhèanamh air an coinneimh. Cha tàinig freagairt sam bith thuca bhon taigh-sholais agus bha amharas nach robh cùisean ceart.

Nuair a chaidh iad air tìr, bha a h-uile càil sàmhach – bha an geata is an doras dùinte, mar a bhiodh dùil, an teine gun a lasadh agus gun duine beò air àrainn an àite ach bha an lampa air a lasadh agus làn ola agus gach truinnsear is cupa deiseil, glan. Bha a h-uile càil anns a' chidsin ann an deagh òrdugh ach gun robh aon chathair bun-os-cionn air an lär agus gun robh an cloc air stad. Ruith iad air gach rùm is cùil ach duine beò cha robh ann.

Cha robh sgrìobhadh anns an 'log' bhon 15mh den Dubhlachd – aon latha deug ron a seo. Mar a thuigeas duine, chaidh rannsachadh a chur air dòigh, ach cha d' fhuaras cinnt a-riamh dè dìreach a

NA H-EILEANAN FLANNACH

thachair.

B' e am beachd a bha aig mòran gun robh na fir a' feuchainn ri uidheam air choreigin a dhèanamh sàbhailte is gun tòinig tonn gharbh orra is gun do sguab i a-mach iad.

Ach cha do riaraich an co-dhùnad seo a h-uile duine agus bha iomadh beachd ann air a' chùis – feadhainn dhiubh lem freumhaichean ann an saobh-chreideamh.

Bha bruidhinn ann gun robh rudeigin mì-nàdarra mu dheidhinn an taigh-sholais bho thùs. Ged nach robh ann ach togalach ùr, bha tubaistean eile air tachairt ann.

Chaidh fear a mharbhadh nuair a thuit e bhon ghailearaidh air an robh an solas agus chaidh ceathrar a bhàthadh nuair a chuir am bàta aca car dhith 's i a' tighinn chun an eilein – ochdnar air am beatha a chall ann an ùine ghoirid. Is cinnteach gun robh rudeigin an-còmhnaidh mì-shealbhach mun sgeir seo.

Lean a' bhruidhinn agus an deasbad ach cha d' fhuaireas riamh

Ceistean

- a. Dè a' bhliadhna anns an do thachair an tubaist?

1989 1899 1900

- b. Dè mhothaich sgioba an Hesperus a chuir dragh orra nuair a ràinig iad? Ainmich **dà** rud.
- c. Dè an aon rud a bha a-mach às àite anns an taigh-sholais?
- d. Carson a bha e doirbh a bhith cinnteach dè thachair do na fir?
- e. Cia mheud duine a chaidh a mharbhadh timcheall an taigh-sholais mus deach an triùir eile a chall? Dè thachair dhan fheadhainn eile?
- f. Dè beachd dhaoine air an seo?
- g. Cò dha a bhiodh an earrann seo feumail?

daoine le
ùidh anns an
sgeulachd

daoine le ùidh
ann an eileanan
beaga

seòladairean air
a' Chuan Siar

Call air na h-Eileanan Flannach
beagan eachdraidh

O chionn fhada an t-saoghal bha ainm aig na h-eileanan Flannach mar eileanan beannaichte. Tha daoine a' deanamh a-mach gu bheil ceangal aig na seann làraich air na h-eileanan ris a' cheideamh Cheilteach agus bheil na h-eileanan air an ainmeachadh air an Naobh Flann a thàinig à Eirinn.

Chan eil fios le cinnt a bheil seo fior, ach tha làrach eaglais (Teampall) faisg air an taigh-sholais air Eilean Mòr. Nuair a thainig an sgrìobhadair aimmeil Màrtainn Màrtainn dhan eilean anns an t-17mh linn, thug e cunnatas air mar a bha muinntir Bheàrnaraigh a' tighinn ann airson eòin, uighean agus itean fhaighinn.

Bhiodh muinntir Ùige a' cleachdadh nan eileanan airson beathaichean a chur ann agus bha prìs mhòr air an fheòil ann an Steòrnabhagh. Cuideachd bhiodh na h-Ùigich a' dol ann airson eunadaireachd (a' sealg eòin-mhara airson feòil is ola). 'S e Na Seachd Sealgairean a bh' aca air na h-eileanan.

Nuar a thigeadh na h-eunadairean air tir, bheireadh iad am bonaidean dhiubh agus choisicheadh iad timcheall taobh na gréine (no deiseal) a' toirt taing do Dhù airson an toirt sàbhailte gu tir. Bha cuid de fhaclan toirmisgte – dh'fheumadh iad bùrn a ràdh an àite uisge – agus cuideachd cha robh cead aca am mùn a leigeil fhad's a bha iad air tir!



8. DÀN LE MĀIRI NICILLINNEIN



San Dùblachd 1900
Am bàta Hesperus a' seòladh
Gu Eilean Mòr, sa Chuan Siar,
Eilean cunnartach, aonranach.

Cuan domhainn, gamhl拉斯
Creagan, cas, biorach;
Eòin-mhara nan suidhe air sgeir,
Taigh-solais dorch gun sholas a'
priobadh.

Na h-eòin a' sgriachail san adhar,
Am muir fiadhaich a' bualadh air na
creagan,
Taigh-solais na sheasamh air sgeir
Gun duine beò a' fuireach ann.

A' direadh suas chun an taigh-sholais,
San t-seòmar-suidhe fhuar
Bha bòrd air an robh biadh
Is sèithear air a leagail.

An dùil an deach am bàthadh
Sa mhuir dhomhainn fhiadhaich?
Sgeulachd dhuilich, bhrònach,
Sgeulachd iongantach, dhìomhair.

Obair 1

Sgrìobh log an taigh-sholais eadar an 13mh agus an 15mh den Dubhlachd.

no

Sgrìobh duilleag-aghaidh airson 'An t-Albannach' air 28/12/1900 (dà latha an dèidh do sgioba an Hesperus tighinn air tìr anns na h-eileanan Flannach) ag innse dè thachair. Leig ort gu bheil thu air ceistean a chur air maraiche a bh' air bòrd an Hesperus.

Cuimhnich:

ceann-naidheachd, dealbhan, paragrafan, beachdan

Obair 2

Mar chlas, dèanaibh dealbh-chluich leis an tiotal "Call air na h-Eileanan Flannach" agus stèidhichte air na leugh sibh anns a' phasgan seo.



9. CĀNAN: ROIMHEARAN CO-CHEANGAILTE RI GNÌOMHAIREAN IS ABAIRTEAN SÒNRAICHTE

Tha roimhearan nam faclan beaga cudromach a tha ag innse dhut far a bheil rudeigin no nuair a tha rudeigin a' tachairt. Tha faclan mar le, aig, air, do, fo is eile nan roimhearan sìmplidh.

Tha cuid de ghnìomhairean a bhios tu a' cleachdadadh le roimhearan sònraichte. Bu chòir fios a bhith agad gur e **ri** a bhios sinn a' cleachdadadh le a' bruidhinn agus ag èisteachd.

Tha mi a' bruidhinn ri lain.

Is toigh leam a bhith ag èisteachd ri ceòl.

Feumaidh daoine ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith faiceallach oir tha ciall eadar-dhealaichte aig cuid de roimhearan an taca ris a' Bheurla, agus bidh thu gan cleachdadadh airson adhbharan eile – mar eisimpleir tha “to” sa Bheurla ach tha **gu**, **do** agus **ri** againn ann an Gàidhlig agus tha am fear a chleachdas sinn a rèir 's dè an gnìomhair a chleachdas sinn.

Seall sin **do** Dhòmhnnall

Bruidhinn **ri** Dòmhnnall

Cuir sin **gu** Dòmhnnall

Agus feumaidh tu cuimhneachadh gum bi ro-riochdairean agus roimhearan a' tighinn còmhla.

Tha mi a' bruidhinn ri + i >>> Tha mi a' bruidhinn rithe

Tha na clàran a leanas a' nochdadh eisimpleirean de chòig roimhearan agus cuid de na gnìomhairean co-cheangailte riutha.

Ri

a' bruidhinn ri
ag èisteachd ri
a' còrdadh ri
a' cur ri
a' tighinn ri
a' feuchainn ri

rium
riut
ris
rithe
rinn
ribh
riutha
ri lain
ri Màiri

le

is/bu toigh le
is/b' fheàrr le
a' toirt le
is/bu mhiann le
a' dol le (ag aontachadh)

leam
leat
leis
leatha
leinn
leibh
leotha
le lain
le Màiri

gu

a' tighinn gu
a' cur gu
a' dol gu

thugam
thugad
thuoge
thuice
thugainn
thugaibh
thuca
gu lain
gu Màiri

do* ag adhbhrachadh

sèimheachadh
ag innse do
a' toirt do
a' sealltainn do
ag obair do
is urrainn/chan urrainn do
b' urrainn/cha b' urrainn do
bu chòir/cha bu chòir do
is àbhaist/chan àbhaist do
b' àbhaist/cha b' àbhaist

dhomh
dhut
dha
dhi
dhuinn
dhuibh
dhaibh
do dh'lain
do Mhàiri

air

a' coimhead air
a' cur air
ag amas air
a' smaoineachadh air
a' bruidhinn air
a' feuchainn air
a' sgrìobhadh air

orm
ort
air
oirre
oirnn
oirbh
orra
air lain
air Màiri

Eisimpleirean

Ri

Nach eil thu a' dol a bhruidhinn ri Mairead?
A bheil thu ag èisteachd ri sin?
Tha iomain a' còrdadh ri Catriona.
Cuir còig ri deich.
Cha robh an dreasa sin a' tighinn ri Flòraidh.
Dh'fheuch mi ri dealbh a dhèanamh.

Do

Bhiodh iad ag innse stòiridhean do chlann.
Thoir peansail do dh'lain.
Seall sin do dh'Uisdean.
Is urrainn do Sheumas sgitheadh.
Cha b' urrainn do Ghriogair snàmh.
Chan eil mi ag obair do BhBC Alba tuilleadh.

Le

Is toigh le Dòmhnall rothaireachd.
Is fheàrr le Donald a cofaidh.
B' fheàrr le mo mhàthair aran ruadh.
Cha bu toigh le Cailean a dhol dhan Fhraing.
Bheir mi leam seacaid
Am bi thu a' toirt leat seacaid?

Air

Tha iad a' bruidhinn air falbh.
Bidh mi a' coimhead air a' mhuir bhon uinneig.
Cuir air an solas.
Tha mi a' smaoineachadh air falbh a-nochd.
Feuch an t-aodach ùr air a' chloinn.
Bidh MacThòmais a' sgrìobhadh air iomadh
cuspair inntinneach.
Bha an saighdear ag amas air na reubaltaich.

Gu

Tha mi a' dol a sgrìobhadh gu Màiri.
Tha mi a' dol a chur post-dealain gu lain.
Chan eil iad air tighinn gu aonta fhathast.
Tha an clas air tighinn gu fileantachd a-nis.
Bidh mi a' dol gu banais Disathairne.
Thàinig i thuice fhèin.
Bidh i a' tighinn thugam a h-uile seachdain.
Sgrìobh sinn thuige.

Obair 1

Tagh an roimhean ceart airson gach beàrn.

- a. Cha do smaoinich mi _____ sin.
- b. Sheall mi na freagairtean _____ Mhàiri.
- c. Cha do sgrìobh mi _____ Fionnlagh.
- d. Feumaidh tu bruidhinn _____ cuideigin.
- e. Carson a tha thu a' coimhead _____ sin?
- f. Thug mi am peann _____ Ghòrdan.
- g. A bheil thu 'n dùil prèasant a chur _____ Ruairidh.
- h. Èist _____ do mhàthair!
- i. Bu toigh _____ Sìne a dhol dhachaigh a-nis.
- j. A bheil thu a' dol a dh'innse _____ dhaoine?

Obair 2

Coimhead air na bogsaichean le eisimpleirean anns na duilleagan mu dheireadh (23 agus 24).

Tagh **aon** eisimpleir às gach bogsa.

Ath-sgrìobh gach eisimpleir a thagh thu le ro-riochedair.

Mar eisimpleir:

Bha an saighdear ag amas air na reubaltaich. > Bha an saighdear ag amas orra.

Cha b' urrainn do Ghriogair snàmh. > Cha b' urrainn dha snàmh.

Obair 3

Dèan fhèin seantans le roimhean no ro-riochedair.

- a. air
- b. do
- c. le
- d. ri
- e. gu

Obair 4

Sgrìobh sgeulachd no aiste ghoirid a' cleachdadh measgachadh de co-dhiù deich roimhearan agus ro-riochedairean.



10. TAIBHS - RUAIRIDH MACDHÒMHNAILL

Chrois e e fhèin
's e a-nis a' dol seachad air a' chladh.
Siud am preas far am faca Bean
Mhurchaidh
am boireannach geal
le ceann fo a h-achlais.
Nach i a ghabh an t-uabhas
is cha robh e mar iongnadh
gun robh i air an leabaidh
fad chola-deug
's an uair a dh'fheuch an Dotair Mòr
ri chur sìos air pàipear dè bha ceàrr oirre
sgriòb e a cheann is rinn e osna:
"Chunnaic i taibhs."
Smaoinich e an uair sin
nach leigeadh eòl is ealain leis
sin a sgrìobhadh
's dh'atharraich e e:
"Shaoil leatha gum fac' i taibhs."
Seadh, agus a-rèist, 's cinnteach,
shaoil leatha gun robh i tinn
is shaoil leis an lighiche
gun robh i ann am fiabhras.
Ach cha robh saoilsinn idir
aig an stob ghlainne a chuir e fo a teanga
a nochd an teas a bha na com.

A Dhia, dè am fuaim a bha siud
thall aig preas Bean Mhurchaidh?
'S fheàrr dhomh mi fhìn a chroiseadh
a-rithist
seachd uairean gu tèaraint.
Nach bochd nach tug mi leam mo
phaidirean
's gun gabhainn an Ùrnaigh.
Ach an dèanadh sin eadar-dhealachadh?
Thuirt an Dotair Mòr* ri Bean Mhurchaidh
nach robh ann ach obair a mac-
meanmainn,
thug an sagart an aon nì a chreidsinn oirre
agus dh'aontaich am ministear.
Chan eil ach aon choire agam fhìn
ri chur à leth an triùir urramach –
chan fhaca duine aca riamh taibhs!

*Bha an Dotair Mòr, an Dotair Alasdair Iain MacLeòid,
na dhotair ann an Uibhist a Tuath o 1932 gu 1974.

Obair 1

- a) Carson a tha an duine aig an toiseach ga chroiseadh fhèin?
- b) Dè an coltas a bha air an taibhs?
- c) Dè tha a' sealltainn nach robh an Dotair Mòr a' creidsinn Bean Mhurchaidh?
- d) Tha an lighiche a' smaoineachadh gu bheil fiabhras oirre, ach dè tha a' sealltainn nach eil fiabhras orra?
- e) Cò na trì urramaich? Carson a bhiodh urram aca anns a' choimhearsnachd?
- f) Dè tha am bàrd ag ràdh a tha a' sealltainn gu bheil e fhèin a'creidsinn ann an taibhsean?

Facclair

Cladhl - àite-adhlacaidh

Preas - craobh bheag

Lighiche - dotair

Fiabhras - teas anns a' bhodhaig le tinneas

Stob glainne - teas-mheidh

Com - corp, bodhaig

Croiseadh - a' dèanamh comharra na croise

Gu tèaraint - gu sàbhailte

Paidirean - grìogagan airson na conair Mhoire



11. OS-NĀDARRACHD

Tha iomadh sgeulachd ann mu thachartasan os-nàdarra bho air feadh na Gàidhealtachd. Bha mòran dhiubh a' toirt iomradh air daoine a' coinneachadh ri daoine no beathaichean annasach. Uaireannan, 's e sìthichean a th' annta, uaireannan 's e an Diabhal a th' ann no creutair cunnartach mar each-uisge ann an cruth fir. Chaidh tòrr de na sgeulachdan seo a chruinneachadh is fhoillseachadh leis an Urramach Tormod Dòmhnullach à Stafainn.


'S ann às an Taobh Sear, sgìre de Thròndarnais ann an Ceann a Tuath an Eilein Sgitheanaich, sgìre far a bheil Gàidhlig fhathast beò sa choimhearsnachd an-diugh, a thàinig tòrr de na sgeulachdan aige.

Obair 1

Tha an sgeulachd seo bho cheann a tuath an Eilein Sgitheanaich ag innse mu shrainnsear a bhiodh a' nochdadhbh nuair a bhiodh fear a' coiseachd dhachaigh.

Bhiodh fear a' dol tro Àirigh an Easain a h-uile h-oidhche air a shlighe dhachaigh. An sin, bhiodh e a' tachairt ri fear a choisicheadh còmhla ris gu ruige Bàrr a' Bhealaich, ach nach canadh smid. Chomhairlich ministear dha gun a dhol faisg air an àite tuilleadh.

[Am fear a bhiodh a' nochdadhbh an Àirigh an Easain
\(Bho Tobar an Dualchais\)](#)



- a. Carson a bha aig an fhear seo ri dhol eadar Cille Mhoire agus an Taobh Sear?
- b. Dè tha an t-Urramach Dòmhnaillach a' cantail mun aithghearrachd eadar an dà àite
- c. Dè bhiodh a' tachairt ris an duine nuair a bhiodh e a' ruighinn Àirigh an Easain?
- d. Dè bha àraig mu dheidhinn an duine seo?
- e. Càit am biodh an duine a' dol à sealladh?
- f. Dè rinn am fear annasach aon oidhche nuair a choinnich e ris an duine?
- g. Dè a' chomhairle a thug am ministear dhan fhear nuair a ràinig e dhachaigh?

Obair 2

Dèan rannsachadh air **Oifigeach Dubh Bhaile a' Chròthain** – aon de na sgeulachdan as annasaiche a thàinig a-nuas o chionn dà cheud bliadhna air a' Ghàidhealtachd. Sgap a chliù cho fad ri na coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Canada. Faigh a-mach dè thachair dhan Oifigeach Dubh!

[Oifigeach Dubh Bhaile a' Chròthain \(à Tobar an Dualchais\)](#)



12. CARMINA GADELICA

Leugh an earrainn seo mun eòlaiche Alasdair MacGilleMhìcheil agus mar a dh'fhoillsich e leabhar a bha cho cudromach ri leabhar sam bith sa Ghàidhlig – An Carmina Gadelica.

'S e eilean fada ìseal a th' ann an Lìos Mòr a tha na laighe eadar Sgìre Latharna agus Sgìre na Morbhairne air cost an iar na h-Alba. Ruigear Lìos Mòr le bàt'-aiseig às an Òban. 'S e àite bòidheach a th' ann a tha math airson rothaireachd, agus tha eachdraidh Ghàidhlig bheairteach san àite cuideachd. Tha daoine le Gàidhlig Liosach fhathast beò agus tha ionad Gàidhlig anns an Eilean.

San ionad Ghàidhlig, tha taisbeanadh mu dheidhinn fear de na Liosach as ainmeile, Alasdair Gilleasbuig MacGilleMhìcheil. Rugadh Alasdair ann an 1832 ann an Taigh Lochain san Eilean. Chuir Alasdair ri chèile cuid de na leabhraichean as ainmeile agus as cudromaiche ann an eachdraidh na Gàidhlig.

Ged a b' e cìsear a bh' anns an obair làn-ùine aig Alasdair (a' ciallachadh neach a bhios a' cruinneachadh chìsean dhan riaghaltas), bhiodh e a' cur seachad mòran ùine a' cruinneachadh sgeulachdan traidiseanta anns na h-eileanan anns an robh e ag obair 's a' togail a theaghlaich.

Gu dearbh, thuirt e fhèin gum biodh e gu math tric a' diùltadh àrdachadh na dhreuchd mar chìsear gus am faigheadh e an cothrom fhathast a bhith a' siubhal nan Eilean airson sgeulachdan a chluinntinn.

Gu dearbh, 's e saothair-bheatha a bh' anns an obair cruinneachaidh a rinn Alasdair. Bho 1860 gus an latha a fhuair e bàs ann an 1912 ann an Dùn Èideann, cha do sguir e de thional seanchas, eachdraidh agus rudan fiosaigeach bho Ghàidheil air feadh na Gàidhealtachd.

Dh'fhoillsich Alasdair na stuthan a chruinnich e ann an leabhraichean eadar-dhealaichte fon ainm "Carmina Gadelica", a' ciallachadh "Laoidhean nan Gàidheal".

Bha fàilte chridheil air a' chiad dà leabhar an dà chuid airson an stòrais de sgeulachdan is de sheanchais a chruinnich Alasdair, agus airson an ealain Cheiltich air na prìomh litrichean a tharraing bean Alasdair, Mary Frances NicBheathain. Bha an leabhar beairteach agus bòidheach.

Bha uimhir de stuth aige 's gun do rinn e dà leabhar, le treas fear san amharc nach deach fhoillseachadh mus do chaochail e. Aig a' cheann thall, rachadh sia leabhraichean fhoillseachadh thairis air seachdad bliadhna leis na bha de notaichean aige.

Tha an leabhar fhathast gu math ainmeil an-diugh, le mòran de na laoidhean is na beannachdan gan cleachdadadh fhathast. Tha beagan deasbaid am measg eòlaichean a thaobh na h-ìre dhan robh Alasdair a' cur a chruth fhèin air na teacsainchean, ach gun teagamh 's e goireas air leth a th' ann airson sùil a thoirt air creideasan agus cleachdaidhean nan Gàidheal anns na linntean a dh'fhalbh.

- a. Cò ris a tha Lìos Mòr coltach?
- b. Dè bhios cìsear a' dèanamh?
- c. Carson nach robh Alasdair ag iarraidh a dhol nas àirde san obair aige?
- d. Dè tha am facial “saothair-bheatha” ag innse dhuinn mu obair Alasdair air na sgeulachdan?
- e. Rinn bean Alasdair, Mary Frances, ealain Cheilteach airson Carmina Gadelica. Rinn seo an leabhar “beairteach agus bòidheach”. Dè an seòrsa cleas sgrìobhaidh a tha seo?
- f. Dè tha a' nochdadadh gun do chruinnich Alasdair mòran stuthan fhad 's a bha e beò?
- g. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn dhuinn gu bheil beachdan eadar-dhealaichte ann mun obair aig Alasdair?



13. AM BEANNACHADH SRÙTHAIN: LÀ FÈILL MHÌCHEIL

'S e seo fear de na laoidhean a chruinnich Alasdair MacGilleMhìcheil. Gu freagarrach, 's e laoidh a th' ann le ceangal ris an ainm aige fhèin. Tha MacGilleMhìcheil a' ciallachadh mac an t-searbhant aig Mìcheal. 'S e Naomh Mìcheal an t-àrd-aingeal, ceannard-airm Nèimh agus an t-aingeal a rinn a' chùis air Lucifer no An Sàtan.

"Là Fèill Mhìcheil, nì sinn strùthan Gabhaidh sinn dheth gu cridheil càirdeil Mar bu chòir a bhith"

Tha Là Fèill Mhìcheil a' comharrachadh deireadh àm buain, toiseach an fhoghair agus na làithean a' fàs nas gjorra. Bha mòran gheasagan co-cheangailte ris an latha seo.

- Gun a bhith ag ithe smeuran às dèidh an latha sin oir thuit Lucifer bho nèamh agus thuít e air preas smeuran.
- Gun robh cead agad each do nàbaidh a ghoid fhad 's a thilleadh tu e an-ath-latha.
- Gum biodh tu a' toirt seachad neòinean mar phrèasant oir bha na dathan soilleir a' toirt dòn an aghaidh dorchadas a' gheamhraidh.
- Gum biodh tu a' togail nan curran mu dheireadh air an latha seo. Nam faigheadh tu curran le dà cheann, bha sin gu math sealbhach!

Air Là Fèill Mhìcheil, fèill Chaitligeach a tha fhathast air a chomharrachadh ann an cuid de sgìrean, gu sònraichte ann an Uibhist a Deas agus ann am Mabù ann an Ceap Bhreatainn, bidh daoine a' dèanamh bonnach, no cèic, sònraichte ris an canar Srùthan Mhìcheil.



Obair 1


Leugh am fiosrachdh seo bho làrach-lìn a' BhBC :

[Bonnach Fèill Mhìcheil – Naidheachdan a' BhBC \(bbc.co.uk\)](https://www.bbc.co.uk/teach/light-up-the-darkness-with-music-and-poetry/bbc-5000103)

Obair 2

Nach fheuch sibh air srùthan a dhèanamh mar chlas – tha reasabaidh air duilleag 33.

Dèanaibh aithris air a' bheannachadh seo nuair a tha sibh deiseil.



Gach min a tha fo m' chlèibh
Thèid am measgadh le chèil
An ainm Mhic Dè
Thug fàs dhaibh

Bainne is uighean is ìm
Sochair mhath ar cuid fhìn
Cha bhi gainne nar tìr
No nar fàrdaich

An ainm Mhìcheil mo luaidh
Dh'fhàg againn a' bhuaidh
Le beannachd an Uain
'S a Mhàthar

Ùmhlaich sinn aig do stòl
Biodh do chumraig fèin oirnn
Cùm uainn fuath, fath, fòirn
Agus glèidh sinn

Coisrig toradh ar tìr
Bairig sonas is sìth
An ainm an Athar an Rìgh
's nan trì ostal gràdhach

Beàran-brìde, creamh mìn
Lùs-mòr, glasrach is slim
Na trì ghroigeanan-cinn
Is lus Màiri

Cailpeach għlas air a buain
Seachd-mhiarach, seachd uair
Iubhar-beinne, fraoch ruadh
Agus màdar

Cuiream uisce orra gu lèir
An ainm usga Mhic Dè
An Ainm Mhuire na fail
Agus Phàdruiig

D' uair shuidheas sinn sìos
Gu gabhail ar biadh
Cratham an ainme Dhia
Air na pàistean.

REASABAIDH CÈIC SRÙTHAN

Stuthan:

225g (1 cupa) ìm gun salann, bog
225g (1 cupa) siùcar garbh
4 uighean mòra
225g (1 3/4 cupan) flùr a dh'èireas
1 spàin-teatha bhanilla
100g (1/2 cupa) currain
100g (1/2 cupa) rèasanan
50g (1/4 cupa) rùsg orainseir air a ghearradh
50g (1/4 cupa) siristeán glace air an gearradh
Sùgh 1 liomaid
Sùgh 1 orainseir
2 spàin-bhùird bainne
Siùcar mìn, airson duslach (ma thogras tu)



Mar a nì thu e:


1. Teasaich an àmhainn gu 180° C (350° F). Grìos agus lìnig tiona cèic cruinn 20cm (8-òirleach) le pàipear fuine.
2. Ann am bobhla measgachaidh mòr, cuir uachdar còmhla ris an ìm bhog agus an siùcar gus am bi e bànn agus sruthach.
3. Buail na h-uighean, fear mu seach, gus an tèid iad còmhla gu math. Cuir ris a' bhanilla agus measgaich gus an cuir thu a-steach e.
4. Cuir am flùr don bhòbhla agus paisg a-steach e air do shocair dha na stuthan fliuch gus an tig a h-ùile càil còmhla.
5. Cuir ann na curranan, rèasanan, rùsgan measgaichte air an gearradh, siristeán glace air an gearradh, rùsg liomaid, agus sùgh orains gus an tèid a sgaoileadh gu cothromach air feadh na taois.
6. Cuir ann am bainne gus an taois a dhèanamh beagan bog.
7. Cuir an taois dhan tiona cèic ullaichte agus dèan am mullach rèidh le spatula.
8. Bruich e san àmhainn airson 50-60 mionaid, no gus an tig bior a-mach às a' mheadhan glan.
9. Aon uair 's gu bheil e bruich, thoir a' chèic às an àmhainn agus leig leatha fuarachadh anns an tiona airson 10 mionaidean mus gluais thu i gu raca uèir gus fuarachadh gu tur.
10. Aon uair 's gu bheil i air fuarachadh, crath siùcar mìn air uachdar na cèic, ma thogras tu, agus geàrr i ann an slisnean.



14. TAIGH-ADHRAIDH

Obair 1

Leugh an earrann gu cùramach.



Mar as trice, bidh creidmhich ag adhradh ann an togalaichean sònraichte, no taighean-adhraidh.

Ann an Crìosdайдheachd, 's e eaglais a chanas sinn ri taigh-adhraidh san àbhaist. Ann am bailtean mòra, gheibhear cathair-eaglaisean glè thric. Bha àiteachan naomh eile ann leithid manachainnean far am biodh manaich a' fuireach agus abaid mar an tè ann an Eilean ì far an robh an Naomh Calum Cille a' fuireach.

Anns a' chreideamh lùdhach 's e sionagog a chanar riutha, agus ann an Islam 's e mosg a th' orra.

Tha am facial teampall ga chleachdadhe ann an iomadh creideamh, ach 's e teampall a bhios ga chleachdadhe leis na Sikhs, na Hindus agus na Buddaich gu sònraichte. Tha an teampall Sikh as mothà ann an Alba an-ath-dhoras ri Sgoil Ghàidhlig Għlaschu agus tha teampall Bhuddhach air Eilean MoLaise, far cost an ear Eilean Arainn ann an Linne Chluaidh.

Leis cho cumanta 's a bha Crìosdайдheachd ann an Alba, gu math tric bhiodh na soisgeulaichean seo a' stèidheachadh eaglais air làraichean a bha cudromach san t-seann chreideamh. Chithear fianais air seo fhathast ann an ainmean-àite air feadh na dùthcha. Tha am facial "cill" ri fhaicinn fad' is farsaing.

Ma tha sinn airson faicinn dè cho làidir 's a bha a' bhuaidh aig a' Ghàidhlig agus aig a' chreideamh Chrìosdail air Alba, chan fheum sinn ach coimhead air a liuthad ainm-àite a bhios a' tòiseachadh le "cill", no "Kil" sa Bheurla.

'S e seann fhacal airson eaglais a th' ann an cill, a thàinig on fhacal Èirinneach cill, agus roimhne sin on fhacal Laideann cella. Tha a' mhòr-chuid de dh'fhaclan ann an Gàidhlig a tha co-cheangailte ri creideamh a' tighinn bho thùs on Laideann no on Ghreugais.

Gu math tric, tha cill ga chleachdadhe còmhla ris an ainm aig an naomh dha bheil an eaglais coisrisgte. Mar eisimpleir tha Cill Bhrìghde an Ear agus Cill Bhrìghde an lar coisrigte dhan naomh Ceilteach, Brìghde, agus tha iomadh Cille Mhoire air an

ainmeachadh air màthair Chrìosda.

Gu math tric, bhiodh na h-eaglaisean seo ag obrachadh mar eglais na sgìre, agus bhiodh an sgìre a' gabhail a h-ainm on eglais, agus gu math tric am baile san robh an eglais stèidhichte.

Gheibhear cill san tuiseal ghinideach cuideachd ann an ainmean-àite, leithid Port na Cille (Earra-Ghàidheal is Bòid), Tràigh na Cille (Leòdhas), Cnoc na Cille (an t-Eilean Sgitheanach) agus cuideachd, far an d' fhuair Coinneach Odhar, Fiosaire Bhrathainn a' chlach, Baile na Cille ann an Ùig Leòdhais.

Feumar a bhith faiceallach sa Bheurla oir chan eil gach baile a tha a' toiseachadh le "Kil" a' buntainn ri eglais. Seo an cunnart le na h-ainmean Beurla air bailtean oir tha iad a' mùchadh ciall tùsail an fhacail. Gu math tric 's e caol no coille a th' ann no a bh' anns an rud a tha an t-àite ag ainmeachadh.

Tha sgiobaidhean ball-coise mar Cill Mheàrnaig a' nochdadadh an fhacail seo dhan t-saoghal gach seachdain, ach tha aon seann chill nach eil cho aithnichte a-nise. 'S e sin Cill Phàdraig Ùr taobh a-muigh Ghlaschu. 'S e baile gu math snog a bha seo far an robh mòran dhaoine a' gluasad ann an Linn Bhictòria, agus dh'fhàs e gu math ainmeil. Nuair a thog iad an rèile, bha an stèisean airson Cill Phàdraig Ùr ri taobh taigh leis an ainm "Bearsden" agus sin an t-ainm a th' air a' bhaile sa Bheurla

Obair 2

Cia mheud eglais agus taigh-adhraidh (taigh-leughaidh no taigh-coinneimh) a tha anns an sgìre agad? Tha mapaicheadan OS feumail airson faicinn cia mheud a th' ann.

Obair 3

Coimhead air map na h-Alba. Cia mheud ainm-àite le Kil no Cill as urrainn dhut a lorg. Cia mheud a tha san sgìre agad fhèin? Dèan map de dh'Alba a' nochdadadh 10 àiteachan leis an ainm "Cill" agus inns dè an naomh a tha co-cheangailte riutha.

Obair 4

Dèan postair a' nochdadadh nan diofar thaighean-adhraidh a tha aig gach creideamh mòr, mar esimpleir, Crìosdайдheachd – Eaglais.



15. CALUM CILLE

Ged a bha mòran mhiseanaraidhean air tighinn a dh'Alba anns na bliadhnaichean mus tāinig e à Èirinn, b' e Calum Cille (no St. Columba no Colmcille) a bha beò san t-siathamh linn aig a bheil an cliù as mothà airson a bhith a' sgaoileadh a' chreideimh Chrìosdail ann an Alba bhon mhanachainn aige ann an Eilean ì.

Obair 1

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean a leanas.

- a. Càit an do rugadh Calum Cille?
- b. Inns beagan mu bheatha nuair a bha e òg?
- c. Cuin a dh'atharraich e ainm?
- d. Dè tha air innse mu obair ann an Èirinn?
- e. Carson a tha daoine a' smaoineachadh a dh'fhàg e Èirinn?
- f. Inns beagan mun t-suidheachadh ann an Alba aig an àm a thàinig Calum Cille à Èirinn.
- g. Cò air a bheil an earrann seo ag amas?
 - i) daoine le ùidh ann an eachdraidh
 - ii) daoine ag obair anns an eaglais
 - iii) daoine a' siubhal dha na h-Eileanan an lar

Obair 2

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean a-g.

Ag obair a-mach bho Eilean ì, thòisich Calum Cille ag iompachadh nan daoine mun cuairt chun a' chreideimh Chrìosdail. À sin chaidh e gu rioghachd nan Cruithneach, a' dol cho fada ri Inbhir Nis a bhruiddhinn ris an Rìgh Brideò mu Chrìosdaidheachd. B' e Brideò Rìgh nan Cruithneach ann an ceann a tuath na h-Alba. Bhiodh Calum Cille agus a mhanaich a' siubhal ann am bàtaichean air na lochan air feadh Alba, agus bhiodh iad air siubhal gu Inbhir Nis mar sin air Loch Nis.



Tha fios aig daoine gu bheil sgeulachdan ainmeil mu dheidhinn uilebheist a' falach ann an Loch Nis. Tha e coltach gun do thachair an t-uilebheist ri Calum Cille, agus gun do thòisich an t-uilebheist air feuchainn ri aon de chompanaich Chaluim Chille, a bha a' snàmh san loch, ithe. An uair a chunnaic Calum Cille seo, thionndaidh e air an uilebheist, a' trod ris gu fiadhaich agus a' dèanamh samhla a' chroinn-cheusaidh. 'S e an trod a fhuair Niseag as coireach gu bheil i air a bhith am falach bhon uair sin, tha e coltach.

Ach bha Calum Cille a' dèanamh barrachd air a bhith na mhiseanaraidh agus na mhanach. Bha e a' cuideachadh le riaghaltas Dhàl Riata cuideachd. An uair a bhàsaich an rìgh an Dàl Riata, b' e Calum Cille a thagh Aodhan, aon de na prionnsan, airson a bhith na rìgh. Ri linn sin, bhiodh Rìgh Aodhan a' coimhead ri Calum Cille airson comhairle. Fhuair Calum Cille bàs ann an 597, ach cha deach e fhèin no Eilean ì à cuimhne dhaoine. Airson iomadh linn, bhiodh rìghrean Albannach, Cruithneach agus Lochlannach gan adhlacadh ann an Eilean ì.

Bhiodh miseanaraidhean eile a thuilleadh air Calum Cille a' dol a-mach bho Eilean ì. Sgaoil an creideamh aca fada agus farsaing. B' e fear dhiubh Adamnán a sgrìobh Vita Columbae a tha ag innse mòran sgeulachdan mu Chalum Cille.

Chun an latha an-diugh, bidh daoine a' tighinn chun an eilein a' lorg sìth na h-eaglais. Bidh na taistealaichean seo a' tighinn bho air feadh an t-saoghail. 'S e taistealaiche cuideigin a bhios a' siubhal gu àite naomh air sgàth adhbharan spioradail.

- a. Carson a chaith Calum Cille a dh'Inbhir Nis?
- b. Ciamar a bhiodh na manaich a' siubhal?
- c. Carson a thachair Calum Cille ri Uilebheist Loch Nis?
- d. Dè a' bhuaidh a bha aig Calum Cille air Niseag, a rèir coltais?
- e. Dè tha a' sealltainn gur e duine cudromach a bh' ann an Calum Cille?
- f. Ciamar a tha sinn cho eòlach air beatha Chaluim Chille?
- g. Dè th' ann an taistealaiche?

Obair 3

Tha thusa nad mhanach òg ann an cuideachd Chaluim Chille a' siubhal o Eilean ì a dh'fhaicinn Rìgh Bridei (Brude).

- Ciamar a tha thu a' faireachdainn mu bhith a' siubhal gu Dùthaich nan Cruithneach?
- Dè na cunnartan a tha ann? Beathaichean fiadhaich, treubhan borb?
- Dè cho làidir 's tha do chreideamh ann an Calum Cille/Criosd/Dia?
- Carson a chaith thu nad mhanach an toiseach?
- An ann à Alba a tha thu no Éirinn?

Cleachd do mhac-meanmna airson pìos goirid (mu 500 falal) a sgrìobhadh. Dèan beagan rannsachaидh mu Chalum Cille air-loidhne. Seo dà bhidio airson toiseach töiseachaидh a dhèanamh air an rannsachadh agad!

<http://www.youtube.com/watch?v=xZqz3mVXHTg> – Calum Cille agus An t-Uilebheist
[Calum Cille: An Naomh Dana / Columba: The Bold Saint \(BBC\)](https://www.bbc.co.uk/iplayer/episode/b001yq4t/calum-cille-an-naomh-dana-columba-the-bold-saint)
(youtube.com)



16. FÈILL PHÀDRAIG

Obair 1

Leugh an earrann mu Phàtran-Naomh na h-Èireann agus freagair na ceistean a tha na cois.

Is e Pàtran-Naomh na h-Èireann a th' ann am Pàdraig. 'S e pàtran-naomh cuideigin a bha glè naomh nuair a bha iad beò agus a bhios cuid de Chriosdaidhean a' creidsinn a tha a' toirt dòn agus cuideachadh do dhùthaich no do shluagh sònraichte. Bidh iad gan cuimhneachadh le làithean sònraichte, no fèilltean, gach bliadhna.

Ann an Èirinn, 's e Latha Naomh Phàdraig, no Fèill Phàdraig a th' anns an t-saor-latha as mothà. 'S ann air an t-seachdamh latha deug den Mhàrt a bhios Fèill Phàdraig a' tachairt agus 's e latha sònraichte a th' ann do dh'Èireannaich thall 's a-bhos air feadh an t-saoghal.

Leis nach robh Èirinn na dùthaich bheairteach gu chionn ghoirid, dh'fheumadh Èireannaich òga na dachaighean aca fhàgail airson beatha ùr ann an Ameireaga, Alba, Sasainn agus iomadh ceàrn eile. Thug na daoine seo buaidh mhòr air na dùthchannan san robh iad a' tuineachadh, ach cha do dhìochuimhnich iad riamh an t-àite às an tàinig iad.

Mar sin, 's dòcha gu bheil e freagarrach gun robh Naomh Pàdraig fhèin na eilthireach, fear a dh'fheumadh a dhùthaich fhàgail ach a chuir gu mòr ri beatha na dachaigh ùir aige.

Chan eil fios le cinnt càit an do thogadh Pàdraig. Bidh cuid ag ràdh gun tainig e às a' Chuimhrigh, cuid ag ràdh gun tainig e à Cumbria ann an ceann an iar-thuath Shasainn agus cuid ag ràdh gun do thogadh e ann an Loch Abar ann an Alba fhèin. Ach tha fios gun robh e a' fuireach air taobh siar Bhreatainn na bhalach òg nuair a chaidh a thoirt am bruid le spùinneaddairean agus a reic iad e mar thràill ann an Èirinn.

Bha e na bhuachaille airson iomadh bliadhna aonranach agus, aig an àm sin, chuala e Dia a' bruidhinn ris. Nuair a fhuair e a shaorsa, thill e a Bhreatainn, ach bha e a' faireachdann gun robh Dia air slighe a chur a-mach dha agus chaidh e air ais a dh'Èirinn far an do thòisich e a' teagastg mun Bhòball agus mu ìosa Crìosd.

Tha mòran sgeulachdan ann mu Phàdraig 's na mìorbhailean a rinn e. Is mathaid gur i an tè as ainmeile gun do shad e a h-uile nathair a-mach às an dùthaich. 'S e caratter làidir a bh' ann agus san latha an-diugh, bidh daoine a' cur aodach uaine orra agus a' cruinneachadh ann an taighean-seinnse airson cuimhne a chumail air. Chan eil eil cinnt dè cho toilichte 's a bhiodh e mu dheidhinn mar a tha daoine a' comharrachadh na fèill aige an-diugh san dòigh seo. Cha robh Pàdraig fhèin glè mheasail air an droch bhuaidh a bha aig deoch-làidir air daoine!



a. Dè tha 'pàtran-naomh' a' ciallachadh?

Neach naomh a bhios a' dòn na dùthcha	
Latha naomh sònraichte a tha aig dùthaich	
Crìosdaidh à Èirinn	
Cuideigin a bhios a' cuimhneachadh rudan	

- b. Carson nach biodh gin de na làithean mòra ann an Alba cho math mar shaor-làithean nàiseanta? Ainnich dà adhbhar.
- c. Carson a bha na h-Èireannaich a' fuireach thall sna dùthchannan dhan deach iad?
- d. Ainnich nad fhaclan fhèin dè tha eilthireach a' ciallachadh?
- e. Ciamar a thàinig Pàdraig a dh'Èirinn sa chiad dol a-mach? Carson a thill e a dh'Èirinn?
- f. A bheil na seantansan seo ceart no ceàrr?

Cha robh Pàdraig ro mheasail air daoine a bhith ag òl deoch-làidir.	Ceart / Ceàrr
Is e Sasannach a bh' ann am Pàdraig.	Ceart / Ceàrr
Bha Èirinn riamh na dùthaich bheirteach.	Ceart / Ceàrr
Tha na h-Èireannaich air tuineachadh air feadh an t-saoghail.	Ceart / Ceàrr

- g. Carson nach biodh Pàdraig ro thoilichte leis mar a bhios daoine ga chuimhneachadh an-diugh?

Obair 2

Cleachd an t-eadar-lòn airson lorg fhaighinn air na pàtrain-naomh aig diofar dhùthchannan air feadh an t-saoghail?

Carson a tha iad sin nam pàtrain-naomh?





17. AM BIÒBALL – ANN AN LEABHAR AGUS ANN AN LEGO!



'S e am Biòball an leabhar as cudromaiche do Chrìosdaidhean. Tha dà Thiomnadhe ann. Tha gach tiomnadhe na chruinneachadh de leabhraichean far a bheil measgachadh de sgrìobhaidhean mu Dhia agus mu Chrìosd thar nam mìltean de bhliadhnaichean. Cha deach an Tiomnadhe Nuadh (an tiomnadhe le sgeulachdan mu ìosa) fhoillseachadh sa Ghàidhlig gu 1767, agus chaidh am Biòball slàn, (leis an t-Seann Tiomnadhe – sgeulachdan mu chruthachadh an t-saoghal, eachdraidh sluagh Israel is eile) fhoillseachadh ann an 1801.

Bidh Crìosdaidhean a' creidsinn gu mòr ann an soisgeulachd – 's e sin a bhith ag innse do dhaoine nach eil a' creidsinn ann an ìosa Crìosda mu dheidhinn, mar a chanas iad, "an deagh naidheachd (so-sgeul no naidheachd mhath".

Nuair a bhios am Biòball ga eadar-theangachadh, tha cleachdadhe ann gum feumar a dhol air ais dha na cànanan san robh na teacsainchean tùsail sgrìobhte. Sin agad Eabhras airson an t-seann tiomnaidh agus Greugais airson an tiomnaidh nuaidh.

Tha an cànan a bhios ga chleachdadhe timcheall air creideamh sam bith an-còmhnaidh eadar-dhealaichte bhon chànan àbhaisteach a bhios aig muinntir na sràide. Le mion-chànan mar a' Ghàidhlig, far a bheil droch bhuaidh aig a' mhòr-chànan air sgilean cànan an t-sluaigh, tha seo na thrioblaid.

Tron fhicheadamh linn, bha ministearan a' mothachadh nach robh cuid anns an coithionalan aca comasach air a' Ghàidhlig a leantainn cho math. Mar sin, bha diofar eadar-theangachaidhean den Bhìoball gan dèanamh.

Chaidh an t-eadar-theangachadh ùr den Bhìoball fhoillseachadh le Comann Biòbaill na h-Alba ann an 2018. Cha deach ach an Tiomadh Nuadh a chur an clò, ach bha mòran dhaoine glè thoilichte leis.

Tha Crìosdaidhean an-còmhnaidh a' feuchainn ri sgeulachdan a' Bhìobaill innse ann an dòighean ùra, inntinneach. Ann an 2023, rinneadh bhidiathan le sgeulachdan às a' Bhìoball a' cleachdadhe Lego. Bha clann-sgoile ann an sgìre Ùige air taobh siar Eilean Leòdhais an sàs anns a' phròiseact seo.

Obair 1

Coimhead air dhà no trì de ghoireasan an seo co-cheangailte ris a' Bhìoball:

- [The LEGO Easter Story \(Scottish Gaelic\)](#) - Go Chatter (gochattervideos.com)
- [Inns Stòiridh às a' Bhìoball / Share a...](#) | Scottish Bible Society
- [Mata 1 - New Testament in Modern Scots Gaelic 2017](#) - ATN (global.bible)
- [LUMO Gaelic Films | Resources](#) | Scottish Bible Society



18. OBAIR AN T-SOISGEIL ANN AN ALBA

Anns an fhicheadamh linn, thàinig dithis bho thall thairis a bheireadh buaidh mhòr air Crìosdaidhean anns an dùthaich againn, an dùthaich agus Caitligich.

Obair 1

Leugh an teacsa agus èist ris na faidhlichean fuaim mun dù neach ainmeil seo agus freagair na ceistean air an dithis.

Billy Graham

'S e a' chiad fhear, Billy Graham, a thàinig à Ameireaga ann an 1955. "S e **soisgeulaiche** a bh' anns a' Ghreumach, fear a bhiodh a' cur seachad a bheatha a' sgaoileadh an t-soisgeil. Bha an "All-Scotland Crusade" na shoirbheachadh mòr. Nochd 90,000 aig Hampden agus lòn e Talla Kelvin gach oidhche fad sia seachdainean. Bha buaidh mhòr aig teachdaireachd a' Ghreumaich air Crìosdaidhean anns na h-Eileanan an lar cuideachd anns na 1950an, le soisgeulachd Ameireaganach a' tighinn am bàrr. Bhàsaich an Greumach aig aois mhòr ann an 2018. Choisinn e urram mòr am measg cuid air feadh an t-saoghail, ach bhiodh cuid a' cur na aghaidh air sgàth a bheachdan air daoine LGBT is eile.



<http://www.youtube.com/watch?v=xtKMyoNC2g8>

An Pàp Eòin Pòl II

Rugadh Eoin Pòl II mar Karol Józef Wojtyła anns a' Phòlainn, agus bha e na phàp eadar 1978 agus a bhàs ann an 2005. Cha robh ach aon phàp eile riamh na dhreuchd na b' fhaide na seo. B' e a' chiad Phàp riamh a thàinig dhan Rioghachd Aonaichte agus rinn a' choimhlearsnachd Chaitligeach gàirdeachas ris a' chuairt aige, gu h-àraidh aig Aifreann mòr a-muigh ann am páirc Bhella Houston ann an Glaschu (dealbh). Tha meas mòr fhathast ann airson "Eòin Pòl Mòr" am measg cuid ged a tha deasbad ann mu dheidhinn mar a làimhsich e cuid de sgainnealan san eaglais cuideachd. Thigeadh Am Pàp Benedict XVI do dh'Alba ann an 2010 cuideachd. Chaidh fàilte a chur air-san sa Ghàidhlig.



http://www.youtube.com/watch?v=fWYMC8ocz_E&feature=related

Billy Graham – A' Chiad Mhisean a dh'Alba

- Cia mheud duine a chrunnich airson Billy Graham a chluinntinn? (2)
- Dè rinn na daoine nuair a thàinig e far na trèana? (1)
- Dè an dà rud a bha na làmhan? (2)
- Dè thuirt e ris an t-sluagh mun ùrnaigh aige? (3)
- Inns mar a thachair aig a' choinneamh ùrnaigh ann an Obar Dheathain. (4)
- Dè bha a' sealltainn gur e naidheachd mhòr a bh' anns a' Ghreumach? (2)

Am Pàp ann an Alba

- Dè bha sònraichte mu dheidhinn Dimàirt 1 An Òg-mhìos 1982? (2)
- Ainmich na trì rudan a bha na mìltean de Chaitligich a' déanamh anns a' phàirc. (3)
- A rèir na h-earrainn, dè bha anns a' Phopemobile? (2)
- Ciamar a bha an sluagh a' faireachdann? (1)
- Dè thathar a' ràdh mu cho math 's a chòrd an latha ris a h-uile duine? (2)
- Cò an luchd-èisteachd air a bheil an dà earrann seo ag amas?
 - daoine le ùidh ann an Crìosdaidheachd ann an Alba
 - daoine le ùidh ann an daoine ainmeil o thall thairis
 - daoine aig a bheil ùidh ann an Caitligich a-mhàin.

g. A bheil an dà earrann soirbheachail le bhith ag innse dhut mun dà thachartas mhòr seo? Thoir adhbhar airson do bheachd.

(Stèidhichte air Mar a Nochd na Naidheachdan le Alexina Ghreumach)

Misean	
ùrnaigh	guidhe ri Dia
laoidhean	dàin spioradail
Feachd na Slainte	Eaglais Chròsdail, chruinneil
mìorbhailean	gnìomhan iongantach
ath-bheothachadh	creideamh a' fàs às ùr
cràbhach	cùramach a thaobh creideamh
gàirdeachas	toileachas
àrd-fhèill	margaid
Aifreann	adhradh anns an eaglais Chaitligich



19. ÙRNAIGH AGUS SAILM

Ann an iomadh creideamh, bidh daoine a' dèanamh ùrnaigh. Am beachd dhaoine cràbhach, tha ùrnaigh na dòigh air conaltradh ri Dia. Tha cuid ann a' faighneachd airson taic, cuid a tha a' toirt glòir do Dhia agus cuid a tha a' sireadh maitheanas.

Seo ùrnaigh an Tighearna – tè de na h-ùrnraighean as ainmeile air an t-saoghal.

Ùrnaigh an Tighearna

Ar n-Athair a tha air nèamh,
gun naomhaicheadar d' ainm.
Gun tigeadh do rìoghachd.
Dèanar do thoil air an talamh,
mar a nitheair air nèamh.
Tabhair dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil.
Agus maith dhuinn ar fiachan,
Mar a mhaiteas sinne dar luchd-fiach.
Agus na leig ann am buaireadh sinn;
ach saor sinn o olc;
[oir is leatsa an rìoghachd, agus a' chumhachd,
agus a' ghlòir, gu siorraidh.]
Amen.

Tha na faclan seo cho ainmeil ri briathran sam bith air an t-saoghal. Chaidh an ùrnaigh seo a dhèanamh le ìosa Crìosd fhèin agus tha i a' nochdadhbh anns a' Bhioball bho Shoisgeul Mhata (6:9-13) agus Soisgeul Luais (11:2-4). Mar bu trice, rachadh ùrnaigh an Tighearna eadar-theangachadh mus rachadh am Bioball air fad eadar-theangachadh. Nuair a thig Crìosdaidhean còmhla bho dhiofar cheàrnaidhean, mar as trice nì iad an Ùrnaigh seo anns a' chànan aca fhèin.

Air Là na Càisge, thathar a' tomhas gu bheil càrr is dà bhilleann Crìosdaidh ga h-aithris.

Obair 1

Leugaibh an ùrnaigh còmhla mar chlas. Mìnichidh an tidsear cuid de na faclan dhuibh.

Obair 2

Tha an gnìomhair "maith" a' nochdadhbh gu mòr ann an Ùrnaigh an Tighearna. Smaonich air na ceistean seo:

- Dè tha maitheanas a' ciallachadh dhut?
- A bheil rudan ann nach gabh am maiteadhbh?
- An tug thu maitheanas do chuideigin riagh?
- Ciamar a bha thu a' faireachdainn às dèidh làimhe?
- Thoir sùil air na faclan a leanas:

Peacadh – Rudeigin a nì thu ceàrr an aghaidh Dhè
Àitheantan – Òrdughan a dh'fheumas tu a choileanadh
Buaireadh – Ag iarraidh rudeigin a dhèanamh nach bu chòir dhut

Obair 3

Salm 23

Tha an treasamh salm thar fhichead am measg nan dàin spioradail as ainmeile air an t-saoghal. Tha mòran de na faclan ann a' nochdadh ann an cànan làitheil ann an iomadh cànan.

Èist ris an seo: [http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/
salm23_/?lang=gd](http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/salm23_/?lang=gd)

Is e Dia fhèin as buachaill dhomh,
cha bhi mi ann an dìth.

Bheir e fa-near gun laighinn sìos
air cluainean glas' le sìth:

Is fòs ri taobh nan aibhnichean
thèid seachad sios gu mall,
A tà e ga mo threòrachadh,
gu mìn rèidh anns gach ball.

Tha 'g aiseag m' anam dhomh air ais:
's a' treòrachadh mo cheum
Air slighean glan' na fireantachd,
air sgàth dheagh ainme fhèin.

Seadh, fòs ged għluaisinn eadhon trid
ghlinn dorcha sgàil' a' bhàis,
Aon olc no urchuid a theachd orm
chan eagal leam 's cha chàs;

Airson gu bheil thu leam a għnàth,
do lorg, 's do bhata treun,
Tha iad a' tabhairt cofhurtachd
is fuasgħaidh dhomh am fheum.

Dhomh dheasaich bòrd air beul mo nàmh:
le ola dh'ung mo cheann;
Cur thairis tha mo chupan fòs,
aig meud an làin a th' ann.

Ach leanaidh maith is tròcair rium,
an cian a bhios mi beò:
Is còmhnaicheam an àros Dè,
ri fad mo rè 's mo lò.

Obair 4

Salm 121

Tha an salm seo ga mheas gu mòr leis na Gàidheil a chionn 's gum buin iad do sgìre a tha cho beanntach is cnocach.

Èist ris an seo:

http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/salm_121/?lang=gd

Mo shùilean togam suas a chùm
nam beann, on tig mo neart.
On Dia rinn talamh agus nèamh,
tha m' fhurtachd uile teachd.

Cha leig dod chois air chor air bith
gun sleamhnaich i gu bràth;
Tàmh-neul cha tig sin air an neach
's fear-coimhid ort a-ghnàth.

Feuch, air fear-coimhid Israel,
cadal chan aom no suain:
'S e Dia d' fhear-coimhid; 's e do sgàil
air do làimh dheis gu buan.

A' ghrian cha bhual i thu san là,
no ghealach fòs san oidhch'.
Nì Dia do choimhead o gach olc;
Nì d' anam dhòn a-chaoindh.

Èist ris na h-eisimpleirean seo de shailm gan seinn:

- <http://www.youtube.com/watch?v=w62TN2iCP1g>
- <http://www.educationscotland.gov.uk/nqmusic/national5/concepts/gaelicpsalms.asp>
- http://www.youtube.com/watch?feature=player_embedded&v=fMqKxpq6QAE



20. SMUAIN NA MAIDNE

BBC Radio nan Gàidheal: Aithris Na Maidne

Gach madainn air BBC Radio nan Gàidheal, bidh am BBC a' craoladh naidheachdan bho air feadh an t-saoghail anns a' phrògram Aithris na Maidne. Tha am program glè mhath airson do sgilean Gàidhlig a leasachadh.

Airson a dhà no trè mhionaidhean gach prògram bidh iad a' craobhsgaoileadh "Smuain na Maidne". Mar as trice, 's e taisbeanadh goirid a tha seo le cuideigin aig a bheil creideamh a' bruidhinn mu chuspair tro shùilean creidmhich. Bidh teachdaireachd ann a tha airson cofhurtachd a thoirt do dhaoine no a bhith a' toirt orra smaoineachadh. Bhiodh ìosa Crìosd a' cleachdad chosamhlachdan (sgeulachdan samhlachail) mar seo airson puingean creideimh a mhìneachadh. Tha an aon rud fior ann an creideamhan eile.

Obair 1

Gheibhear bliadhna de Smuaintean na Maidne air làrach-lìn a' BhBC. Mar chlas no mar sgoilear fa leth, tagh fear dhuibh agus èist ris.

Èist ri prògram Smuain na Maidne, no ri sreath phrògraman agus beachdaich còmhla ri neach eile anns a' chlas air na ceistean seo:

- Dè an creideamh a tha aig an neach a rinn am prògram?
- Dè na rudan a thuirt iad anns an smuain aca? Feuch gun sgrìobh thu trè no ceithir de rudan co-dhiù.
- Dè an teachdaireachd a bh' aca?
- A bheil thu ag aontachadh ris na thuirt iad? Inns carson.

Obair 2

Tha thu fhèin a-nis a' dol a chruthachadh pìos airson prògram Smuain na Maidne dhut fhèin. Feumaidh tu an deagh chuid smaoineachaидh agus rannsachadh a dhèanamh agus clàraigdh an tidsear thu an uair sin.

Feuch gun cuimhnich thu air na puingean seo nuair a bhios tu a' planadh:

- Fàilte air an luchd-èisteachd
- Guth soilleir
- Puing shoilleir – dè tha thu airson gun ionnsaich an luchd-èisteachd?
- Sgeulachd no cosamhlachd a bhios a' mìneachadh do phuing
- Goirid – eadar 2-3 mionaidean
- Soraidh leis an luchd-èisteachd



21. CĀNAN: AM MODH ÀITHNEACH / ÒRDUGHAN

Cleachdaidh sinn am modh àithneach gu math tric nuair a bhios sinn a' toirt òrdugh do dhaoine.

Dùin an doras!
Fosgail an uinneag!
Gabh òran!
Ith do bhiadh!
Freagair am fòn!

Tha sinn cuideachd cleachdte ri bhith ag atharrachadh seo nuair a bhios sinn a' bruidhinn ri barrachd is aon duine (no cuideigin nas sine)

Dùnibh an doras!
Fosglaibh an uinneag!
Gabhaibh òran!
Ithibh ur biadh!
Freagraibh am fòn

Bho latha gu latha, cha bhi cus feum againn air a' mhodh seo ach airson òrdughan don dara neach (thu no sibh), ach tha cruthan ann airson na ro-riochdairean eile (mi, e, i, sinn agus iad).

-(e)am	mi	Bitheam	Seinneam	Dèanam
	thu	Biodh tu...	Seinn	Dèan
-(e)adh	e	Biodh e...	Seinneadh e	Dèanadh e
-(e)adh	i	Biodh e...	Seinneadh i	Dèanadh i
-(e)amaid	sinn	Bithibh...	Seinneamaid	Dèanamaid
-(a)ibh	sibh	Biomaid/Bitheamaid...	Seinnibh	Dèanaibh
-(e)adh	iad	Biodh iad...	Seinneadh iad	Dèanadh iad

Air a' chiad choltas, tha e mar an Tràth Cumhach le -(e)adh no -(e)amaid mar earball air a' ghnìomhair.

Tha an clàr seo gu math coltach ris an tràth chumhach air a' chiad shealladh ach tha eadar-dhealachaidhean cudromach ann.

'S e a' chiad rud a tha eadar-dhealaichte gu bheil e co-cheangailte barrachd ri freumh a' ghnìomhair.

Nuair a bhios sinn a' dèligeadh ri creideamh gu h-àraidh, bidh na cruthan seo a' nochdadadh gu math tric. Chithear seo tric ann an creideamh oir bidh iad a' gleidheadh chleachdaidhean cànan aig sàr ìre.

"Is seo an latha a rinn an Tighearna; dèanamaid gàirdeachas, agus bitheamaid ait air. Salm 118:24"

Obair 1

Cuir na gnìomhairean seo dhan mhodh àithneach.

- a. Dèan + sinn
- b. Tog + mi
- c. Leig + e
- d. Ith + sinn
- e. Freagair + iad
- f. Fosgail + sibh
- g. Rach + mi
- h. Seinn + mi
- i. Earb + mi
- j. Cuir + e
- k. Bi + eagal + ort
- l. Cluich + sinn
- m. Bi + sibh
- n. Òl + sinn

Obair 2

Tagh 6 de na freagairtean agad bho Obair 1 agus cuir iad ann an seantans.



22. FÀILTE DHUT, A MHOIRE

Nuar a bhios Caitligeach a' dèanamh peacadh no a' sireadh cofhurtachd, tha e na chleachdadha aca a bhith ag aithris na h-ùrnaigh seo – **Fàilte dhut, a Mhoire** no **Hail Mary**.

Fàilte dhut, a Mhoire, tha thu lan de na gràsan;
Tha an Tighearna maille riut.
Is beannaichte thu am measg nam mnà,
agus beannaichte toradh do bhronn, ìosa.
A Naoimh Mhoire, Mhàthair Dhè,
guidh air ar son-ne na peacaich
a-nis, agus aig uair ar bàis. Amen

Cò tha ann am Moire? Nach bu chòir Màiri a bhith oirre?

Cleachdaidh na Gàidheil, ann an Èirinn is Alba, Moire, no Muire, an àite Màiri, nuair bhios iad gu sònraichte a' bruidhinn air màthair ìosa. Cha choinnich thu ri Muire air an t-sràid ann an Loch Baghasdail no ann an Glaschu. Tachraidh seo gu h-ìre le ainmean eile bhon Bhioball, Eòin/Iain agus Peadar/Pàdraig, ged tha na h-ainmean sin cumanta gu leòr. Chan e ainm pearsanta a th' ann an ìosa am measg nan Gàidheal ach ma thèid thu gu dùthchannan Spàinnteach ge-tà, tha Jesùs (ìosa) gu math cumanta mar ainm!

(Dealbh de Mhoire ro Naomh nan Eilean no Ban-tighearna nan Eilean air Ruabhal ann an Uibhist A Deas.)



23. CĀNAN: BEAN AGUS MNATHAN

Tha am facal bean gu math neo-riaghailteach. Bidh e ag atharrachadh anns a h-uile tuiseal, agus tha e uaireannan gu math diofraichte – gu h-àraighe anns an tuiseal ghìnideach.

Sgrìobh na h-eisimpleirean seo.

Singilte	
bean, a' bhean	the woman, the wife
Bha mi a' bruidhinn ri mhnaoi.	I was speaking to his wife.
Dè tha sin? 'S e sin càr na mnà.	What is that? That is the wife's car.

ach nuair a bhios cruth iomarra air, tha e a' dol an rathad eile

Iolra	
mnathan, na mnathan	women, the women/wives
Bha mi a' bruidhinn ris na mnathan.	I was speaking to the wives.
Dè th' anns na rudan sin? 'S e sin càraichean nam ban.	What are those things? Those are the wives' cars.
sgioba nam ban	the women's team

Cuimhnich air seo bhon bhun-sgoil:

a' bhean-uasal – boireannach nach eil pòsta
a' bhean-phòsta – boireannach pòsta

seann bhean – an old lady (nas modhaile na cailleach!)

Tha ban no bana ga chleachdadhbh airson obraighean is dreuchdan a dhèanamh boireann. (Tha seo ag atharrachadh gnè an fhacail cuideachd) bànrigh, bana-phoileas, banaltram, ban-Leòdhasach, ban-Éireannach, bana-Ghàidheal

Cleachdadhbh

An-diugh, chan eilear a' meas le feadhainn gu bheil e ceart "bean" a chleachdadhbh airson boireannach bhon a tha e cuideachd a' ciallachadh cuideigin a tha pòsta aig cuideigin, agus mar sin 's e boireannach a bhios iad a' cleachdadhbh.



Aon rud eile – na can "mathan"! Cha chòrd sin ri boireannach no bean sam bith!

Eadar-theangaich na seantansan a-g.

- a. Donald was speaking to his wife.
- b. His wife has left him.
- c. He has been married four times. He has had four wives.
- d. That is the wife's house.
- e. I remember my wife picked it up. I don't know where it is now!
- f. Mrs Macdonald is my mother, I am Ms Macdonald!
- g. Welcome to the Wives' Club!



24. ADHRADH GÀIDHLIG ANN AN DÙN ÈIDEANN

Tha creideamh gu math cudromach do choimhairsnachdan eilthireach. Bidh na daoine a bhios ag imrich gu Alba a' cur mòran luach air na creideamhan aca. Tha na h-eaglaisean, na mosgan agus na teampallan gu math tric nan àitichean far am bi cothrom aig daoine tighinn cruinn còmhla 's iad fad o àit' an eòlais. Tha an aon rud fior fhathast mu na Gàidheil a bhios a' gluasad on Ghàidhealtachd dhan bhaile mhòr air sgàth obair agus foghlam. Fad iomadh bliadhna, tha prìomh-bhaile na h-Alba, Dùn Èideann, air a bhith na àite far am biodh Crìosdaidhean le Gàidhlig a' tighinn còmhla.

Obair 1

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a tha na cois.

Tha adhradh Gàidhlig air a bhith a' tachairt ann an Dùn Èideann bho 1704. Aig an àm sin chaith ullachadh a dhèanamh le Àrd-sheanadh Eaglais na h-Alba airson seirbheisean Gàidhlig a chumail dha na saighdearan Gàidhealach a bha stèidhichte aig Caisteal Dhùn Èideann.

Thar nam bliadnaichean bhon uair sin, tha adhradh Gàidhlig air a bhith ann an diofar choithionalan air feadh a' bhaile, gus a' bhliadhna 1979, nuair a chaith coithional Eaglais Ghàidhealach an Tolbooth agus an Naoimh Eòin, far an robh seirbheisean Gàidhlig Eaglais na h-Alba an uair sin gan cumail, a-steach còmhla ris a' choithional aig Eaglais nam Manach Liath fon ainm Eaglais Ghàidhealach nam Manach Liath agus an Tolbooth.

Tha e inntinneach gu bheil an dà àite mu dheireadh anns an robh seirbhisean Gàidhlig aig Eaglais na h-Alba anns a' bhaile ann an 1979 an-diugh nan àiteachan ainmeil ann am beatha a' bhaile: 's e Eaglais an Tolbooth an-diugh an "Hub" agus 's e an Eaglais Ghàidhealach ann an Sràid Cambridge (far an robh seirbheisean Gàidhlig air an cumail bho 1948 gu 1956) an Taigh-cluiche "Traverse". Sin gun a bhith a' toirt iomradh air Eaglais nam Manach Liath, a tha cliùiteach air feadh an t-saoghail air sgàth a' choin bhig, dhileis Greyfriars Bobby.

Gach Latha Sàbaid, thig Gàidheil bho air feadh Dhùn Èideann còmhla airson adhradh sa Ghàidhlig. Tha an teagast anns a' choithional Ghàidhlig, mar a tha anns a' choithional Bheurla, gu math eadar-eaglaiseach, le Pròstanaich (chan ann a-mhàin bho Eaglais na h-Alba ach bhon Eaglais Shair agus bhon Eaglais Shaoir Leantainnich) agus Caitligich a'



searmonachadh agus a' gabhail pàirt san adhradh. Ach tha an t-seinn stèidhichte air nòs traidiseanta nan eaglaisean clèireach, le sailm gan seinn san t-seann nòs agus le cur a-mach na loidhne gun taic ciùil sam bith. Bidh an coithional nan suidhe ann an Tranns Eòin, ri taobh uinneag ghlainne-dhaitteach Naoimh Eòin a rinn D.Y. Camshron, agus amar-baistidh aosmhor.

Tha luchd-labhairt dùthchasach agus luchd-ionnsachaich a' chàin anns a' choithional. Mar a trice, thig daoine gun Ghàidhlig, uaireannan fiù 's beagan Beurla, airson blasad dhen spioradalachd agus fàilte. 'S ann à Canada, Sealan Nuadh agus Ameireaga a tha a' mhòr-chuid den luchdturais a' tighinn, a' lorg seòrsa de sheirbheis air an robh an sinnsearan eòlach mus deach am fuadach bho chionn dà cheud bliadhna.

Tha dà àm sònraichte ann an clàr-bliadhna a' choithionail Ghàidhlig: Seirbheis Ghàidhlig an Àrd-sheanaidh, nuair a tha Moderator na bliadhna a' tadhal air, agus An Òraid Ghàidhealach Bhliadhnaile. Tha an Òraid Ghàidhealach air a bhith ann fad 35 bliadhna agus rè an àm sin, thàinig mòran sgoilearan a bhruidhinn air iomadh cuspair, a' togail fòram cudromach airson cuspairean Gàidhealach. Bidh fàilte air duine sam bith aig an dà thachartas.

B' e Raibeart Burns fhèin a thuirt "Ann an Nèamh fhèin, chan iarr mi an còrr ach fàilte Ghàidhealach" 'S e sin an t-amas aig an t-seirbheis Ghàidhlig ann an Eaglais nam Manach Liath agus bidh seirbheisean Gàidhlig gan cumail gach Sàbaid aig 12:30f, an dèidh na seirbheis Bheurla.

Facclair	
àrd-sheanaidh	a' chùirt as àirde ann an Eaglais na h-Alba
coithional	buidheann dhaoine ann an aon eaglais
eadar-eaglaiseach	faodaidh daoine bho dhiofar eaglaisean a bhith ann
a' searmonachadh	a' teagasg an t-Soisgeil
nòs	dòigh
clèireach	seòrsa de phròstanach bho eaglais gun easbaigean, gu math cumanata ann an Alba
amar-baistidh	seòrsa de mhias a chumas uisge a' bhaistidh
aosmhor	gu math sean
spioradalachd	faireachdainn làidir creideimh
moderàtor	ceannard Eaglais na h-Alba, bidh iad san dreuchd airson aon bhliadhna

- Carson a chuir Àrd-sheanaidh Eaglais na h-Alba air dòigh seirbheisean Gàidhlig ann an Dùn Èideann?
- Càit an robh adhradh Gàidhlig air a chumail ro 1979?
- Dè tha inntinneach mun dà àite anns an robh seirbheisean Gàidhlig gan cumail?
- Cò bhios a' gabhail pàirt anns an t-seirbheis?
- Cò tha anns a' choithional?
- Cò às a tha an luchd-turais a' tighinn?
- Carson a bhios an luchd-turais seo a' tighinn?
- Dè an dà thachartas mhòr aig a' choithional Ghàidhlig?
 - Gu mionaideach, cuin a tha an t-seirbheis ga cumail?
 - A bheil an earrann soirbheachail? Thoir adhbhar airson do bheachd.



25. CREIDEAMHAN EILE ANN AN ALBA

Tha iomadh creideamh ann an Alba, agus tha an aon rud fior mu dheidhinn na Gàidhealtachd. Anns an earrainn seo den aonad, bheir sinn sùil air Islam agus mar a tha na Gàidheil agus coimhearsnachdan Muslamach air coinneachadh agus air a dhol air adhart còmhla. Fad iomadh bliadhna, tha coimhearsnachdan Muslamach air fàs air feadh ceann a tuath na h-Alba. Tha freumhan domhainn aig cuid de na daoine anns na h-àiteachan far an do rinn iad an dachaigh, ach mar a chunnaic sinn na bu thràithe san aonad, tha taighean-adhraidh glè chudromach do chreideamhan.

Leugh an earrann seo mu mhosg Steòrnabhaigh agus freagair na ceistean a leanas.

Dh'fhosgladh a' chiad mhosg ann an Innse Gall anns a' Chèitean 2018 ann an Steòrnabhagh. Rinneadh oidhirp mhòr gus am biodh an togalach (a bha roimhe air fhàgail bànn agus a bha ann an droch staid) deiseil airson Ramadan, mìos naomh nam Muslamach, a' bhliadhna sin.

On uair sin, tha Masjid Steòrnabhaigh air a bhith cudromach don choimhearsnachd bhig Mhuslamaich ann an Leòdhas agus na Hearadh gus tighinn còmhla airson adhradh. Tha seòmraichean adhraidh fa leth ann airson fireannaich agus boireanaich.

Ged nach eil ach mu 80 Muslamach a' fuireach làn-ùine ann an Leòdhas agus na Hearadh, tha e ioma-chultarach agus tha freumhan làidir aca anns a' choimhearsnachd seo.

Thòisich daoine à Pagastan a' fuireach ann an Leòdhas agus anns na Hearadh às dèidh an Dara Cogaidh agus Sgaradh nan Innseachan, le mòran aca ag obair mar luchd-reic aodaich a bhiodh a' siubhal air feadh nan coimhearsnachdan croitearachd. Dh'fhosgail cuid aca bùthan leithid Akram's air an Tairbeart far am faighear a h-uile seòrsa rud.

Thar nam bliadhnaichean, bha crionadh a' tighinn air a' choimhearsnachd Phagastanach ach thàinig teaghlaichean Bangladeshi a dh'obair anns na taighean-coiridh, agus o chionn deich bliadhna, thàinig àireamh bheag de dh'fhògarrach à Siria ri linn a' chogaidh chatharra san dùthaich sin a chuir gu mòr ris an t-sluagh.

Mus robh mosg ann, bha e doirbh do na Muslamaich eileanach a bhith a' tighinn còmhla, agus cha robh àiteachan sònraichte aca

airson cleachdaidhean co-cheangailte ri biadh (feòil halal mar eisimpleir) no bàs (glenadh cuirp) a dhèanamh. Bhiodh aca ri cuirp a glenadh ann an garaidsean uaireannan, agus bhiodh aca ri feitheamh grunn làithean mus tigeadh imam o thìr-mòr airson ùrnaghean-bàis a dhèanamh.

Tha turasachd na ghnìomhachas cudromach do Leòdhas agus na Hearadh agus mar sin tha cothrom aig luchd-turais a tha a' creidsinn ann an Islam tadhla air a' mhosg nuair a bhos iad air làithean-saora cuideachd.

Ged as e coimhlearsnachd anns a bheil Crìosdaidheachd fhathast gu math làidir a th' ann an Leòdhas 's na Hearadh, agus bha aon eaglais, an Eaglais Shaor Leantainneach, a' gearan gun robh am mosg gu bhith ann, bha a' mhòr-mhòr-chuid de muinntir nan Eilean a' cur failte bhlàth chridheil air a' mhosg, agus nochd còrr is 100 neach aig an fosgladh oifigeil.

- a. Dè tha air innse dhuinn mun togalach anns an deach mosg Steòrnabhaigh fosgladh?
- b. Ciamar a bhos fireannaich agus boireannaich ag adhradh anns a' mhosg?
- c. Cuin a thàinig na Pagastanaich dha na h-Eileanan an toiseach?
- d. Dè an seòrsa obraichean a bhiodh aig na Pagastanaich a thàinig?
- e. Dè an rud duilich a thachair ann an Siria a thug mòran Mhuslamaich a Leòdhas?
- f. Inns cuid de na trioblaidhean a bha aig Mhuslamaich leis nach robh mosg ann dhaibh.
- g. Dè a' bhuaidh a bha aig a' mhosg air turasachd?
- h. Dè tha a' sealltainn gun robh muinntir Leòdhais agus na Hearadh cofhurtail leis a' mhosg a' fosgladh?





26. AN DUINE DUBH

'S e sgeulachd ainmeil ann an litreachas na Gàidhlig a th' anns An Duine Dubh le Iain Mac a' Ghobhainn. Tha i a' toirt dhuinn sealladh air suidheachadh a bha cumanta nuair a thàinig na Pagastanaich agus na h-Innseanaich a Bhreatann an toiseach. Bhiodh iad gu tric a' faighinn obair a' siubhal air feadh na dùthcha le maileid làn aodach spaideil agus ga reic o dhoras gu doras.

Tha cuid a' gabhail dragh nach eil an tiotal freagarrach san latha an-diugh. Mar sin feumaidh sinn a bhith mothachail air seo agus an sgeulachd a thoirt seachad ann an co-theacs. Aig cridhe na sgeòil, tha Iain Mac a' Ghobhainn a' feuchainn ri sealltainn cho coltach 's a tha an dithis ri chèile ged a tha iad eadar-dhealaichte on taobh a-muigh (an coltas msaa). Tha an duine à Pagastan, 's e Muslamach a th' ann agus 's e fear a th' ann, agus tha a' Chailleach bhon Ghàidhealtachd, 's e Crìosdaidh a th' innti agus i na boireannach.

Ach tha an dithis aca aonranach, fada on dachaigh agus anns an t-sealladh bheag a gheibh sinn o Mhac a' Ghobhainn, tha iad ag aithneachadh seo na chèile agus a' toirt tlachd agus cofhurtachd san treiseag a tha aca còmhla. Ged a bha Iain Mac a' Ghobhainn na ana-chreidmheach, tha e cuideachd a' cur rudan a-steach dhan sgeulachd a nochdas gu bheil an duine agus a' chailleach a' creidsinn san aon Dia, ach a' leughadh leabhrainchean naomha eadar-dhealaichte (Am Bioball agus an Quran).

Obair 1

Leugh an sgeulachd (air td 51 den phasgan Eadar Dà Sgeul [link](#)) agus freagair na ceistean seo airson do thugse a dhearbhadh.

- Bho thoiseach na sgeòil, tha an sgrìobhadair airson sealltainn dhuinn gu bheil an duine agus a' chailleach gu math eadar-dhealaichte. Dè na dòighean a tha e a' cleachdad airson sin a dhèanamh?
- Dè tha annasach mu pharagraf a dhà, a trì agus a ceithir? Saoil Carson a tha an sgrìobhadair airson an stoidhle seo a chleachdad?
- Mìnich cò ris a tha an rùm coltach. Inns mar a tha an stuth a th' aig a' chailllich eadar-dhealaichte bhon stuth aig an duine.
- A bheil an duine toilichte a bhith san dùthaich seo? Ciamar a tha fios agad?
- Carson a chanas an duine, "Chan eil làithean do dhannsaidh seachad fhathast" nuair a cheannaicheas a' chailleach aodach sìoda?

- f. Saoil Carson a ghlas a' chailleach an doras a-rithist nuair a dh'fhalbh an duine?
- g. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt dhuinn dealbh air aonranas agus laigse san dara paragraf mu dheireadh?
- h. Dè an rud mu dheireadh a rinn a' chailleach? Carson a tha seo cudromach san sgeulachd?
- i. Tha na h-abairtean/faclan gu h-ìosal (i-vi) uile a' nochdadh san sgeulachd.

Obair 2

Cleachd na faclan a leanas ann an seantans ùr. Tha eisimpleir air a dhèanamh dhut.

Eisimpleir:

am broinn na màileide:

Bha aodach de gach seòrsa am broinn na màileide.

- a. bogha-frois
- b. aodann tana, geal
- c. san dorchadas
- d. toileachas
- e. duilleag foghair
- f. coigreach



27. EILTHIRICH CÒMHLA: NA GÀIDHEIL AGUS NA PAGASTANAICH

Sgrìobh Babs NicGhriogair an dà dhàن seo*— tha na tiotalan Beurla agus Gàidhlig a' dol an lùib a chèile (agus nuair a chaidh am foillseachadh bho thùs, bha a' Bheurla agus a' Ghàidhlig gam measgachadh). Tha iad a' bruidhinn air eòlas dà bhuidheann eilthireach – Pagastanach ag obair anns na Hearadh, a' dol bho dhoras gu doras, agus Gàidheal a' fuireach ann am baile mòr. Tha iad gu math sgileil a' dèanamh ceangal eadar eòlas an dithis seo agus mar a tha rud aca ann an cumantas.

*A-rithist, mar an sgeulachd **An Duine Dubh** ann an caibidil 26, feumaidh sinn a bhith mothachail gun dèan cuid den chainnt co-cheangailte ris na teacsainchean seo dragh do chuid.

Obair 1

Leugh an dà dhàn agus freagair na ceistean a leanas.

- a. Ciamar a tha am bàrd a' toirt dhuinn dealbh air na caractaran anns an dà dhàn?
- b. Ciamar a tha creideamh a' nochdadh anns an dà dhàn?
- c. Ciamar a tha cruthan an dà dhàin eadar-dhealaichte?
- d. Lorg ceithir eisimpleir de dh'uaim ann an **An Duine Dubh / The Highlander**
- e. Tagh ìomhaigh (no dhà) a tha tarraingeach dhut anns a' bhàrdachd **An Gàidheal / The Pakistani**. Carson a tha i tarraingeach dhut?
- f. Às na dhà, dè an dàn as fheàrr leat? Carson?

AN GÀIDHEAL / THE PAKISTANI

“underneath the pavement there is the beach” – may 68

anns gach baile brònach
fon phavement fhiadhaich
tha tràigh ga ionndrainn
bata na do làimh
bàta na do shùilean

neapaicin geal
mar isean air an iteig
an-dè aig a' phort-adhair
an-diugh na do phòcaid

tha an saoghal a' fàs nas lugha
's an taigh nas mothà
tha a' chlann a' fàs mòr
gad fhàgail le fotos is telebhisean

ceann air balla neo air bogsa
ann an leabhar neo ann an sgàthan

cumaidh tu ort, le na soithichean 's le na sgòthan
an sian na chùlaibh
seòladair nan speuran

eadar breith is bàs tha B&B ann an Glaschu
eadar prìs chaorach is prìs cruidh tha caitheamh-beatha
eadar clach is cladh tha cuimhne

tha goirt san tìr
is pian nad amhaich
tha blas cànan
fhathast air do theanga
's an t-acras ort

le leac-uaghach an àite cluasaig
chan fhaigh thu mòran cadail

air do ghlùinean ann an cidsin
neo ann an achadh
ach seasaidh do chreideamh

AN DUINE DUBH / THE HIGHLANDER

dachaigh air do dhruim
bùth air do bhaidhsagail
dh'fhosgladh tu do mhàilieid
gàire làn gréine "Seall seo!"

lingerie an lingerbay
sìoda ann an làmhan cruaidh a' chroiteir
siol ùr bho fad às
cho aotrom, cho àlainn

a' siubhal am measg shrainnsearan
cothromaitche le feansaichean is cinn-theagaig
cha robh nad cheum
ach cuimhne is cianalas

a' bàsachadh leis an fhuachd
reic thu d' aodach
's thog thu teine, taigh is teaghach
an-diugh tha do bhùithean làn dhaoine
's do màileid a' feitheamh
tha na làithean-saora a' fàs nas daoire
a-nis nach eil ach deilbh rin togail



28. ATHARRACHADH AINM, ATHARRACHADH ANAMA - MALCOLM X AGUS MUHAMMAD ALI

Ann an iomadh creideamh, bidh daoine a' gabhail ainm ùr airson an creideamh ùr aca a shamhlachadh. Ma dh'fhaoidte gur e dithis den fheadhainn as ainmeile a rinn seo Malcolm X agus Muhammad Ali.

Obair 1

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean.

Ged as e balach òg comasach a bh' ann am Malcolm Little, chaidh a chumail air ais san sgoil le gràin-cinnidh. Chaidh athair a mharbhadh leis a' Ku Klux Klan agus thàinig briseadh air slàinte a mhàthar. Mar sin thionndaidh Malcolm gu eucoir ann am baile mòr Detroit. 'S e Detroit Red a bha air mar fhar-ainm oir bha falt ruadh air Malcolm (thuirt e gun tòanig seo bho a mhàthair, a thàinig bho lameuga, far an robh tòrr fuil Albannach anns na tràillean dubha). Mu dheireadh thall, ghlac am poileas Malcolm is chaidh a chur dhan phrìosan. Fhad 's bha e anns a' phrìosan, thòisich e a' leantainn seòrsa de dh'Islam leis an ainm "The Nation of Islam". Bha ceannard na buidhne seo, Elijah Muhammad, a' teagascg gur e Islam a bh' anns an fhòr chreideamh aig na daoine dubha ann an Ameireaga agus gum bu chòir dhaibh fuireach air leth bho na daoine geala. Mar chomharra air seo, bhiodh Elijah Muhammad a' toirt air an luchd-leantainn aige an dara ainm no sloinneadh a chur bhuapa oir, mar as trice, thàinig na h-ainmean sin bho na maighstirean geala a cheannaich an sinnsirean à Afraga. An àite an t-sloinnidh thràilleachd, bhiodh na Muslamach Dhubha a' gabhail X airson an t-ainm a bh' orra ach a-nis a bha caillte a shamhlachadh mus faigheadh iad ainm Muslamach.

Nuair a thàinig Malcolm X às a' phrìosan, bha an dà latha air tighinn air a bheatha. Far an robh uair eucoireach agus mèirleach grànda, bha fear stòlda, stuama le beachdan làidir a bha e air chomas a chur an cùill gu siùblach. Thòisich Malcolm a' sgaoileadh adhbhar an Nàisein gu làidir agus a' seasamh airson càraichean nan daoine dubha san fharsaingeachd air feadh Ameireaga ann an dùigh a rinn mòran dhaoine gheala mì-chofhurtail.

Mar phàirt de na h-iomairtean aige, bha Malcolm a' feuchainn ri daoine dubha ainmeil a thoirt gu taobh an Nàisein. Cha robh mòran dhaoine na b' ainmeile san t-saoghal aig an àm sin na am fear aig am biodh tiotal

mar Sàr Laoch an t-Saoghal airson bogsadh aig an ìre as truime. Rugadh Cassius Clay ann an Louisville, Kentucky ann an 1942 agus bhuannaich e am bonn òir aig Geamannan Oilimipigeach na Ròimhe ann an 1960. Ann an 1963, bhiodh an duine òg, luath, sgileil seo a' togail an tiotail ann an sabaid bhrùideil ann am Miami an aghaidh Sonny Liston. Goirid às dèidh sin, ghabhadh e ri Nàisean Islam is dh'atharraicheadh e ainm gu Cassius X sa chiat dol a-mach, agus an uair sin gu Muhammad Ali (a' ciallachadh "Gràdhaithe le Dia") Chanadh Ali gur e ainm tràill a bh' anns an ainm-breith aige, agus gun robh an t-ainm ùr a bh' air na ainm saor.

Bhiodh Muhammad Ali a' dìon a thiotail grunn thursan agus dh'fhàsadh clù Mhalcolm am measg an t-sluagh. Dh'adbhraich seo tòrr farmaid taobh a-staigh Nàisean Islam, agus nuair a thàinig boireannaich gu Malcolm le dragh mu dhroch ghiùlan le Elijah Muhammad, thàinig sgaradh eadar Malcolm agus an Nàisean. Thàinig an sgaradh gu buil nuair a thuirt Malcolm rudan connspaideach nuair a chaidh an Ceann-suidhe Ceanadach a mhurt ann an 1963. B' e seo an leisgeul aig Elijah Muhammad Malcolm a pheanasachadh agus dh'fhàg Malcolm an Nàisean. Bha seo glè dhoirbh air Malcolm. Sguir Muhammad Ali a bhruidhinn ri a charaid cuideachd.

Dh'fhalbh Malcolm air turas air feadh an t-saoghal agus rinn e an Hajj gu Mecca. 'S e an Hajj an turas a dh'fheumas gach Muslamach a dhèanamh co-dhiù aon uair nam beatha gu uaigh an Fhàidh, Muhammad. Nuair a ràinig e Mecca, thuig Malcolm gun deach a mhealladh le Elijah Muhammad, 's gun robh Muslamaich ann bho gach dath is gach cinneadh. Cha b' urrainn dha fiù 's Arabais a thuigsinn. Ghabh Malcolm ri Islam Sunni agus fhuair e ainm ùr eile, ainm Muslamach, el-Hajj Malik el-Shabazz. Bha ciall cudromach aig an ainm seo. Bha El-Hajj a' ciallachadh taistealaiche, agus gun do rinn e an turas naomh gu Mecca. Bha Malik a' ciallachadh rìgh agus bha e gu math coltach ri Malcolm co-dhiù, agus bha El-Shabazz na ainm aig buidheann de Mhuslamach Afraganach.

Gu mì-fhortanach, chaill Malcolm a bheatha ann an 1965 nuair a chaidh a mhurt ann an lorc Nuadh le buidheann de dh'fhir a bha ag obair às leth Nàisean Islam. Ged as e duine connspaideach a bh' ann na latha, tha mòran ga chuimhneachadh fhathast mar neach a dh'atharraich a bheachdan agus a għluais gu bhith ag obair le daoine de gach cinneadh is gach creideamh.

Dh'fhàg Muhammad Ali Nàisean Islam aig a' cheann thall agus, cleas a sheann charaid nach maireann, Malcolm, għabb e ri Islam Sunni. Chaill Muhammad tiotal an t-saoghal air sgàth 's gun do dhiùlt e sabaid ann an Cogadh Vietnam. Fhuair e an tiotal air ais dà thuras eile ge-tà agus fad a bheatha bha e am measg nan daoine a b' ainmeile air an t-saoghal. Gu mì-fhortanach dh'fhuiling e le droch shlainte ri linn a' għalair Parkinson's a thug buaidh air a chomas labhairt is comasan a bhodhaig. Għabb e aithreachas mu dheidhinn mar a dhèilig e ri Malcolm X, agus fhuair e mòran cofhurtachd às a' chreideamh Islamach aige chun an latha a bhàsaich e ann an 2019.

- a. Ainmich an dà dhUILGHEADAS a thachair do Mhalcolm nuair a bha e beag.
- b. Ciamar a tha e follaiseach gun tug na thachair dha droch bhuaidh air?
- c. Nad fhaclan fhèin, mìnich carson a bhiodh Muslamaich Dhubha a' gabhail ainm ùr orra fhèin.
- d. Dè tha an abairt "bha an dà latha air tighinn air a bheatha" a' ciallachadh? Cleachd am paragraf airson co-theacsa.
- e. Saoil carson a bhiodh ùidh mhòr aig Malcolm Cassius Clay a thoirt a-steach gu Nàisean Islam?
- f. Dè an dà rud a dh'adhbhraich sgaradh eadar Malcolm agus Elijah Muhammad?
- g. Mìnich dè th' anns an Hajj.
- h. Dè a' bhuaidh a bha aig an Hajj air Malcolm?
- i. Dè an cliù a tha aig Malcolm X san latha an-diugh?
- j. Thoirt iomradh air beatha Muhammad Ali às dèidh Malcolm X a bhith air a mhurt.
- k. Càit an lorgadh tu earrann mar seo?

Obair 2

Obraich còmhla ri daoine eile anns a' chlas agus dèan beagan còmhraig mu na puingean seo.

- A bheil ainm Gàidhlig ort?
- Am bi thu a' cleachdadhbhòidh ainmean diofraichte sa Ghàidhlig agus sa Bheurla?
- A bheil an t-ainm agad a' tighinn bhon dualchas agad?


Obair 3

Leugh na beachdan aig na sgoilearan seo – dè do bheachd fhèin?



Seumas

Tha mi gu math cofhurtail le daoine a' cleachdadha Seumas mar ainm orm sa Ghàidhlig ged as e Jamie a tha orm sa Bheurla.



Sorcha

'S e Claire a th' air mo theisteanas-breith ach bha mi airson m' fhèin-aithne Gàidhlig a neartachadh, agus mar sin cha chleachd mi ach m' ainm Gàidhlig a-nise.



Gilleasbuig

Rinn mo phàrantan co-dhùnadha gum biodh ainm Gàidhlig orm bho thùs. Nach mi tha moiteil às! Tha mi a' smaointinn gu bheil e garbh cudromach fein-aithne Ghàidhealach a bhith agam, agus tha m' ainm mar phàirt mhòr de sin.




Rebecca

'S e Beathag a bhios mòran dhaoine a' cur orm sa Ghàidhlig ach cha toigh leam e idir. Cha toigh leam Becky no Bekah nas mothaga-tà – 's lugha orm daoine a bhios a' giorrachadh m' ainm. 'S e Rebecca an t-ainm a th' orm!



Sadia

'S ann às na h-Innseachan a tha mo phàrantan, agus tha m' ainmean-sa a' tighinn bhon chreideamh againn. Tha e a' ciallachadh "beannaichte".



Piotr

Rugadh mi anns a' Phòlainn agus ged a tha Gàidhlig agam, cha toigh leam Pàdraig no Peadar mar ainm. Mar sin tha mi airson cumail orm a' cleachdadha Piotr ann am Beurla, Pòlainnis agus Gàidhlig!

An robh fhios agad...? Air a' Ghàidhealtachd anns na seann làithean, bhiodh daoine gu math tric gan ainmeachadh às dèidh an seanairean sa chìad dol a-mach. Bhiodh a' chìad phàiste air ainmeachadh às dèidh athair an athar, agus bhiodh an dara pàiste ainmichte às dèidh athair am màthar. Cha robh e gu diofar an e balach no nighean a bh' annta! 'S ann à sin a tha sinn a' faighinn ainmean mar Dolina/Donalda/Donaldina air boireannaich, cuideachd tha Alasdairina, Roderickina (Rhoda), is Ewenina ann. Cuideachd, ma bha dà sheanair ann leis an aon ainm, mar Alasdair no Dòmhnull, bhiodh dithis dhe na mic leis an aon ainm. Gu math tric, dh'fheumadh iad far-ainmean a chleachdad airson eadar-dhealachadh a dhèanamh. 'S e sin a thachair leis an dithis sgrìobhadairean Gàidhlig ainmeil, **Am Puilean** agus **Am Bocsair**, 's e braithrean a bh' annta leis an aon ainm, Aonghas Caimbeul, à Nis ann an ceann a tuath Eilean Leòdhais!



Obair 4

Sgrìobh 400-500 ag innse do bheachd air "Mas e Gàidheal a th' annad, feumaidh ainm Gàidhlig a bhith ort."

Cleachd eisimpleirean agus d' eòlas fhèin airson do chuideachadh.



29. CĀNAN: AN TUISEAL GAIRMEACH

Ann an Gàidhlig, bidh ar n-ainmean ag atharrachadh fad na h-ùine. Tha sinn air sùil a thoirt air seo ann an suidheachaidhean eile, gu h-àraidh nuair a bhios rudeigin le fireannach, mar taigh Chaluim, no piuthar Aonghais (cha bhi seo a' tachairt ro thric le boireannaich) san tuiseal għinideach.

Ach 's ann nuair a bhios daoine a' bruidhinn rinn as trice a bhios seo a' tachairt. Tha sinn a' gabhail an tiotal "An Tuiseal Gairmeach" air seo.

A bheil thu ag iarraidh aire cuideigin a għlacadh? A bheil thu airson gun tig iad far a bheil thu? A bheil thu a' cur fàilte orra? Ma tha, 's e An Tuiseal Gairmeach a bhios tu airson a chur gu feum.

Cluinnear seo glè thric ann an creideamh, gu h-àraidh ann an ùrnaighean oir bidh daoine a' bruidhinn ri Dia (no eile) san ùrnaigh.

A Dhè

A Thighearna Għrġasmhoir

A Mhoire

Ciamar a nì thu seo?

Bidh thu a' cur 'a' air thoiseach air an ainm mar as trice.

Cha dèan thu seo le ainmean a' tòiseachadh le fuaimreag.

Bidh na connragan àbhaisteach a' sèimheachadh (le h mar chomharra)
B, C, D, F, G, M, P, S+fuaimreag, Sl, Sn, Sr, T.

Agus cha bhi na connragan seo a' sèimheachadh mar as àbhaist, L, N, R, Sg, Sp, St, Sm.

Le ainmean is faclan boireann, cha bhi dad a' tachairt ach le ainmean is faclan fireann, bidh iad a' caolachadh aig an deireadh mas urrainn (a' cur i às dèidh na fuaimreig mu dheireadh).

Mura h-e ainm Gàidhlig a th' ann, bidh cuid a' moladh nach fheum thu an tuiseal gairmeach a chleachdad, ach tha seo an urra riut fhèin.

Obair 1

Cuir na h-ainmean seo dhan Tuiseal Ghairmeach.

- a. Dòmhnaill
- b. Eachann
- c. Màiri
- d. Maighstir Ruairidh
- e. Ministear
- f. Eilidh
- g. Caraid
- h. Sorcha
- i. Bodach
- j. Cailleach
- k. Crìosdaidh
- l. Nàbaidh
- m. Càirdean
- n. Fir
- o. Balaich

Co-chòrdadh

Ma bhios dara falal (buadhair no ainmear) a' tighinn às dèidh an ainmeir, bidh sin a' sèimheachadh agus a' caolachadh cuideachd a rèir nan riaghailtean.

Maighstir MacDhòmhnaill > A Mhaighstir MhicDhòmhnaill
Calum Mòr > A Chaluim Mhòir
Màiri Bhàn > A Mhàiri Bhàin

Obair 2

Cuir na h-ainmean seo dhan Tuiseal Ghairmeach.

- a. Maighstir Calum
- b. Dotair MacEanraig
- c. Calum MacDhòmhnaill
- d. A' Bhean-uasal NicGumaraid
- e. Liondsaidh NicLeòid
- f. Fionnlagh Ruadh Moireasdan
- g. Duine bochd
- h. Mac Iain 'ic Sheumais
- i. Fionnghal Bheag
- j. Tighearna Gràsmhor



30. ANA-CHREIDEAMH NO NEO-DHIADHACHD

Bha Cunntas-sluaign na h-Alba 2021 a' nochdadh gun robh an àireamh de dhaoine nach robh a' creidsinn ann an creideamh sam bith ann an Alba cho àrd 's a bha e riamh agus nas àirde na creideamh sam bith cuideachd.

'S e dòigh smaoineachaidh a th' ann an neo-dhiadhachd a bhios ag ràdh nach eil còir creidsinn ann an Dia no diathan eile. Cha bhi daoine a tha nan neo-dhiadhairean a' creidsinn gu bheil cumhachd nas àirde no tì os-nàdarrach ann a chruthaich an cruinne-cè no a bhios a' cumail smachd air. An àite sin, tha iad an crochadh air saidheans, ciall agus fianais airson an saoghal mun cuairt orra a thuigsinn.

Smaoinich gum bi thusa agus do charaidean a' cluich ball-coise san raon-cluiche. Mar as trice, cha bhi rèitire agaibh agus bidh an gèam a' ruith math gu leòr às an aonais. Sin mar a tha neo-dhiadhairean a' smaoineachadh a tha an cruinne-cè ag obair – nach eil feum air an rèitire agus gun obraich na riaghailtean a dh'aontaicheas sinn eadarainn mar dhaoine ceart gu leòr.

Chan eil neo-dhiadhachd a' ciallachadh nach eil meas aig cuideigin air bòidheachd nàdair, rùintean dòmhair a' chruinne-cè, no nach eil fios aca dè tha ceart no ceàrr. Tha e dìreach a' ciallachadh nach eil iad a' cur nan rudan seo às leth cruthraighear diadhaidh. An àite sin, ma dh'fhaoidte gum bi iad a' gabhail iongnadh à pròiseasan nàdarra mar meanbh-fhàs agus fiosaigs.

Feumar tuigsinn nach e creideamh a th' ann an neo-dhiadhachd. Tha gnàthasan, cleachdaidhean agus coimhairsnachdan sònraichte aig creideamhan, ach chan eil neo-dhiadhachd ach na ghainneadh de chreideamh ann an dia no diathan. Dìreach mar a tha iomadh creideamh ann, tha iomadh adhbhar aig daoine airson a bhith nan neo-dhiadhairean. Bidh cuid de dhaoine gan togail ann an teaghlaichean nach eil a' leantainn creideamh, agus feadhainn eile a thig gu neo-dhiadhachd tro ionnsachadh mu shaidheans, no air sgàth 's gun do chaill iad creideamh ri linn briseadh-dùil no tàmailt.

Mar a bhios tu a' cur eòlas air an t-saoghal agus beachdan eadar-dhealaichte, ma dh'fhaoidte gun atharraich na beachdan is an creideamh agad fhèin. Tha mòran ann a chaidh bho chreideamh gu neo-dhiadhachd, agus tha mòran eile a chaidh an rathad eile. Chan eil e gu diofar a bheil thu cràbhach no neo-dhiadhaidh no an àiteigin sa mheadhan, 's e an rud as cudromaire gun toir thu spès do chreideamhan chàich agus gun cùm thu d' inntinn fosgailte.

Ann an saoghal na Gàidhlig, ged a tha gnàth-ìomhaighean meallta gan cur a-mach leis na meadhanan Beurla glè thric gu bheil gach neach le Gàidhlig cràbhach agus a' dol dhan eaglais, tha na Gàidheil a cheart cho dualtach a bhith a' taobhadh ri neo-dhiadhachd. Gu dearbh, bha triùir de na sgrìobhadairean as ainmeile ann an Gàidhlig, Somhairle MacGill-Eain, Iain C. Mac a' Ghobhaínn agus Ruairidh MacThòmhais uile nan ana-chreidmhich no neo-dhiadhaidh nam beachdan.



31. ÙISDEAN MAC A' MHUILLEIR: A' STRÌ LE CREIDEAMH

Obair 1

Leugh an earrann seo mun gheòlaiche ainmeil Ùisdean Mac a' Mhuilleir agus freagair na ceistean ann an seantansan.

Rugadh Ùisdean Mac a' Mhuilleir ann an Crombaidh ann an 1802. Bha athair na chaithean aig muir agus chaochail e nuair a bha Ùisdean còig bliadhna a dh'aois. Dh'fhàg e airgead airson gum faigheadh Ùisdean foghlam. Fhuair e eòlas air creagan nuair a bhiodh e a' siubhal na dùthcha 's nan cladaichean air Machair Rois na òige. Bha e ag obair na chlachair nuair a bha e òg agus thug seo dha eòlas mòr cuideachd air creagan. Bha e mu dheireadh na eòlaiche air fosailean.

Mhill duslach na cloiche a sgamhain agus thòisich e ag obair na chlèireach ann am banca ann an Dùn Èideann. Nuair a bha e ann an Dùn Èideann, bha e fhèin agus Ruairidh MacMhurchaidh, geòlaiche ainmeil, nan caraidean. (Bha ceangal aigesan cuideachd ris an Eilean Dubh oir b' ann leis a bha Taigh Tharbhdail sa Blàr Dhubb). Rinn e obair mhòr mar sgrìobhadair agus mar fhear-naidheachd, a' ceangal a chreideimh ri ùidh ann an geòlas agus beul-aithris.

Bha meas aig luchd-saidheans an latha agus aig sgrìobhadairean ainmeil leithid Darwin agus Huxley, Dickens agus Ruskin air an obair aig Mac a' Mhuilleir.

Bha ùidh mhòr aig Mac a' Mhuilleir ann an cùisean eaglais. Bha e na èildear san Eaglais Shaoir agus bha pàirt chudromach aige ann am Briseadh Eaglais na h-Alba ann an 1843. Bha e na dheasaiche air a' phàipear-naidheachd eaglaiseil 'The Witness'. Ach thàinig còmhstiri eadar a bheachdan a thaobh creideimh agus na beachdan a bha a' tòiseachadh a' nochdadhbh air meanbh-fhàs agus mar a thàinig beatha gu bith air an t-saoghal. Eadar sin, agus na sgamhain a bha air am milleadh agus an t-uallach a bha air na bheatha agus na obair, dh'fhuiling e na shlàinte agus, ann an 1856, chuir Ùisdean às dha fhèin le trom-inntinn.

- Dè an call a dh'fhuiling Ùisdean nuair a bha e òg?
- Ciamar a thàinig Ùisdean Mac a' Mhuilleir gu bhith cho eòlach air creagan?
- Dè a' bhuaidh a bha aig obair Ùisdein air a shlàinte?
- Cò bha measail air obair Ùisdein?
- Dè an ceangal a bha aig Ùisdean Mac a' Mhuilleir ris an eaglais?
- Ciamar a dh'fhàs Ùisdean teaghmhach mu chreideamh?
- Dè bu choireach gun do chuir e às dha fhèin?
- Dè an seòrsa earrainn a tha seo? A bheil e soirbheachail? Thoir adhbhar airson do bheachd.

Obair 2

Bha Ùisdean Mac a' Mhuilleir an sàs gu mòr ann am 'Briseadh na h-Eaglais ann an 1943'. Feuch an lorg thu fiosrachadh mu Bhriseadh Eaglais na h-Alba. Cuir 'Church of Scotland Disruption' ann an goireas luig air an eadar-lòn. Sgrìobh 100 facal ga mhineachadh.

Faclair

Crombaidh	Cromarty, Machair Rois – Ros an Ear
fosailean	fuigheallan no lorgan bho linn eile air an gleidheadh ann an creag
duslach	dust
sgamhain	buill anns a' bhodhaig a bhios a' toirt a-steach agus a' leigel a-mach èadhar
clèireach	rùnaire
MacMhurchaidh	Murphy, Murchison, McMurdo
fear-naidheachd	cuideigin a bhios a' cruinneachadh agus a' sgaoileadh naidheachdan
beul-aithris	litreachas air aithris seach air a sgrìobhadh
èildear	dreuchd ann an seisean eaglais
Briseadh Eaglais na h-Alba	nuair a thàinig sgaradh ann an Eaglais na h-Alba ann an 1843
deasaiche	cuideigin a bhios ag ullachadh stuth airson fhoillseachadh
meanbh-fhàs	bun-bheachd gum bi nithean air an t-saoghal ag atharrachadh beag air bheag
chuir e às dha fhèin	mharbh e e fhèin
trom-inntinn	tinneas a bhios a' bualadh air an inntinn



32. BÀS

'S e cuspair doirbh a th' ann am bàs ach cuspair nach gabh a sheachnad. Thig e thugainn uile. Bidh diofar chreideamhan agus chultaran a' cleachdadadh ghnàthasan dìofraichte timcheall air a' bhàs. Bidh iad cuideachd a' creidsinn gu bheil rudan eadar-dhealaichte a' tachairt dhuinn às dèidh dhuinn bàs fhaighinn.

Tha am briathrachas mu chuairt air bàs gu math cudromach agus bidh dìofar fhaclan gan cleachdadadh ann an diofar cheàrnaidhean den Ghàidhealtachd.

Cleachd faclair agus/no an t-eadar-lòn airson ciall nam facail seo a lorg.

caochail, a' caochladh	
faigh bàs, a' faighinn bàs	
eug, ag eug	
siubhail, a' siubhal	
cha tig am bàs gus an tig an t-àm	
buille-bhàis	
binn-bhàis	
leabaidh a' bhàis	
Am Bàs	
cladh	
uaigh	
ciste (laighe)	
fear-adhlacaidh	
tìodhlachadh, adhlacadh	
tòrradh	

dust	
corp	
closach	
a' giùlan	
caraidh	
marbhrann	
tuireadh	
a' caoidh	
a' caoineadh	
taigh-faire	
nach maireann	



33. TIÖDHLACADH GÀIDHEALACH

Bhiodh a' Bhanrigh Bhictòria a' cur seachad ùine mhòr air a' Ghàidhealtachd fad a beatha fhada, ach gu h-àraidh às dèidh bàs an duine aice, am Prionnsa Albert. Dh'fhàs i gu math càirdeil ri greamair a bha aice, Iain Brùnach. Chùm i leabhar-latha fad iomadh bliadhna. Bha feill air na leabhraichean-latha seo cho mòr agus gun deach an eadar-theangachadh chun na Gàidhlig le Màiri NicEalair ro dheireadh an naoidheimh linn deug. Dh'ionnsaich Bhictoria beagan Gàidhlig i fhèin cuideachd a rèir coltais, rud a rinn a fionn-ogha, an Rìgh Teàrlach III, cuideachd. Sheall an Rìgh na sgilean aige airson film Sgeulachd Lochnagar anns na 1990an.

(Sgeulachd Lochnagar - Am Prionnsa Tearlach ([youtube.com](https://www.youtube.com/watch?v=JyfXzvLcOjU)))

Obair 1

Leugh an t-iomradh seo a sgrìobh a' Bhanrigh Bhictoria mu thiòdhlacadh Àidhealach agus freagair na ceistean.

Diardaoin, an t-aona latha fichead de mhìos mu dheireadh an Fhoghair, 1875.

Is brònach leam a leithid de latha fliuch a bhith aca airson tiòdhlacadh athair a' Bhrùnaich oir tha an gnothach muladach sin ri tachairt an-diugh. Chan eil coltas turaidh sam bith air agus is e an-diugh an naoidheamh latha bh' ann a dh'uisge gun sgur! Cha chualas riamh roimhe a leithid! Chunnaic mi mo dheagh Bhrùnach airson tiota ro mo thràth-maidne agus e a' falbh do Mhiocrais. Dh'fhalbh mise ann a-rithist aig fichead mionaid gu dà-uair-dheug agus Beatrais 'us Sìne Ely anns a' charbad leam, agus gu mishealbhach bha 'n dìle uisce ann. Thachair an Dr Robastan oirnn air an rathad agus bha mòran sluaigh air adhart goirid bhon taigh — bha am Brùnach ag ràdh rium an dèidh sin gun robh mu cheud ann. Bha na gillean seilg agamsa uile ann.

Bha ceathrar bhràithrean leis a' Bhrùnach agus nam measg bha Dòmhnull nach do rinn ach tighinn a-raoir, 's ann gu Bush, taigh Uilleim a bhràthar a ghabh e an uair a thàinig e agus chuir e seachad an oidhche an sin. Thug iad sinne do cheann-ceatharna an taighe far an robh an t-seann bhean ghràdhach na suidhe fo throm bhròn ri taobh an teine, agus ged a bha i duilich, bha i cho ciùin agus a' sealltainn cho eireachdail; bha bean Uilleim glè choibhneil freasdalach rithe, agus bha a seana phiuthar-chèile is a h-ighean gan cuideachadh.

Bha na mic anns an t-seòmar anns an robh a' chiste-laighe agus bha feadhainn ann leotha air an tug am Brùnach an ceann san robh

sinne den taigh fhàgail. Tha trannsa beag, air a bheil aon doras an taighe a' ruith eadar an seòmar agus an ceann-ceatharna daonnan anns na seann taighean tuathanachais seo. Sheas Mgr Caimbeul, ministear Chrathie, anns an trannsa seo air taobh a-staigh an dorais agus an còrr dhen t-sluagh cruinn air a thaobh a-muigh. Cho luath 's a thòisich e air an ùrnaigh, dh'èirich an t-seana bhean ghràdhach is sheas i làimh riumsa — chluinneadh i 'n ùrnaigh ged mo thruaighe! Ged nach bu lèir dhi leus, leig i taic air cathair fhad 's a bha Mgr Caimbeul ris an ùrnaigh a bha cho drùidheteach agus cho ciatach.

An uair a bha sin seachad thàinig am Brùnach agus ghuidh e air a mhàthair i dèanamh suidhe, agus thug iad an sin a mach a' chiste-laighe agus bha na bràithrean uile ga giùlan, lean càch an sin uile iad agus chaith sinne nan dèidh is chunnaic sinn iad ga cur dhan a' charbad-dubh, chaith sinn an dèidh sin gu mullach tuim a bha dlùth air an taigh agus chunnaic sinn an còmhlán brònach a' gabhail an rathaid gu socrach, cianail. Dhèanainn a-mach a h-uile h-aon de na bràithrean le iad a bhith làimh ri m' dheagh Bhrùnach, a bha mi a' faicinn na fhèileadh cuache ri taobh a' charbaid-duibh. Bha na daoin'-uasal an carbadan is càch uile dhen cois. Gu fortanach rinn e turadh an sin. Thill mise don taigh a dh'fheuchainn ri cofhurtachd a thoirt don t-seana bhean. Thug mi bràiste dhi anns an robh dual a dh'fhalt an duine aice, a chaith a ghearradh dheth an-dè, agus bheir mi glasag airson an uaireadairean do gach aon dhe na mic.

An uair a thog iad a' chiste-laighe chaoin, dh'ailleagaich a' bhantrach bhochd gu goirt.

Ghabh sinn beagan uisge-beatha is uisge an ceann a cheile, agus crioman càise a rèir a chleachdaidh a tha air feadh na Gàidhealtachd uile, agus an dèidh sin ghabh sinn beannachd leis an t-seana bhean-uasal chòir, agus ghuidh mise oirre a misneachd a chumail suas. Thuirt mi rithe nach robh an dealachadh ach airson ùine bheag. Chaith sinn dhachaigh a-rithist le cabhag agus chunnaic sinn iad a' dol a-staigh don chladh, agus le còmhnhadh mo ghlainneachan amhairc, chunnaic mi iad a' giùlan na ciste a-staigh. Bha mi cho duilich nach b' urrainn dhomh a bhith anns a' chladh leotha.

Chunnaic mi mo Bhrùnach còir aig beagan ro dhà uair. Thuirt e gun deach na h-uile nì leotha gu math ach bha e a' sealltainn cho brònach, mo thruaighe! Bha e a' tilleadh a-rithist gu taigh a mhàthar far an robh na càirdean uile ri bhith cruinn aig an tea. Bha seo glè dheuchainneach air an t-seana bhantrach ghràdhach, ach cha ghabhadh i cuideachadh. Bha cuid dhe na coimhearsnaich agus na mnathan aca aig an tea aice an-dè. Bha na h-uile cho coibhneil agus làn co-fhaireachdaiinn, agus thug e toileachadh mòr don Bhrùnach a bhith a' faicinn na chaith a chur de mheas air fhèin agus air a theaghlach an-diugh.

nach bu lèir dhi leus – nach faiceadh ì sìon

ceann-ceatharna – seòmar-suidhe is cidsin an taighe

glasag – sèine a thèid mun amhaich

- a. Dè tha air innse dhuinn mun t-sìde air latha an tìodhlacaidh? Carson a tha seo freagarrach airson sealladh a thoirt dhuinn?
- b. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt sealladh dhuinn air mar a bha màthair a' Bhrùnaich a' faireachdainn?
- c. Dè tha a' tachairt nuair a thòisicheas am ministear ri ùrnaigh?
- d. Ciamar a tha a' chiste ga giùlan dhan chladh?
- e. Dè am facal a tha a' nochdadadh gu bheil piseach a' tighinn air an t-sìde?
- f. Dè tha "chaoin dh'ailleagaich a' bhànntrach bhochd gu goirt" a' ciallachadh?
- g. Saoil Carson nach eil a' bhànrìgh no a' mhàthair a' dol dhan chladh?
- h. Dè tha a' bhànrìgh a' dèanamh a' feuchainn ri cofhurtachd a thoirt don bhanntraig?
- i. Ged a bha e brònach, dè mar a bha am Brùnach a' faireachdainn mu chùisean?
- j. Dè a' bhuaidh a tha aig a' bhànrìgh a' cleachdad "mo thruaighe!" aig amannan san earrann?

Obair 2

Faigh a-mach cò ris a tha tìodhlacaidhean coltach san sgìre agad fhìn? Càit am bi iad a' tachairt? Dè an seòrsa cruth a tha air an t-seirbheis? Dè bhios a' tachairt leis a' chiste? Am bi daoine a' giùlan na ciste? Cò bhios a' dol dhan uaigh? Bruidhinn ri inbhich no ri chèile mu na diofar ghnàthasan as aithne dhaibh.

Nì an clas uile còmhradh agus deasbad mun fhiosrachadh a fhuair iad.



34. AM BĀS AGUS AN DĀ SHEALLADH

Bha eagal air na Gàidheil ron bhàs agus bha iad a' creidsinn ann an cuid de nithean a bha mar chomharraighean bàis. Rinn seo cùisean na bu mhiosa!

Nam faiceadh duine solais ghorra, chrithleanach coltach ri lasair lag à coinneal, 's e comharra bàis a bh' ann. Uaireannan chitheadh daoine na solais a' gluasad air slighe an adhlacaidh, no a' priobadh mun cuairt na leapa anns am biodh an neach a' faighinn bàs a dh' aithghearr.

Chluinneadh daoine fuaim thaibhsean ag obair air na cistichean-laighe aca – chluinneadh iad fuaimean ùird, shàbhan agus locairean agus dìosgail bùird. Nan cluinneadh saor fuaimean mar sin ann an dubh dorchadas na h-oidhch', cha bhiodh fada gus an iarradh air ciste-laighe a dhèanamh. Bha daoine a' creidsinn gur e taibhse an neach a bha a' dol a bhàsachadh a bha, mar gum biodh, ag ullachadh an ciste fhèin.

Bhiodh Gàidheil ann an Alba is Èirinn a' cumail taigh-faire cuideachd. Sin nuair a bhiodh daoine air an cois fad na h-oidhche a' geàrd air dust a' mhairbh. Bhiodh iad a' dèanamh seo airson dà adhbhar – gus ùrnaighean a dhèanamh às leth nam mairbh, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh iad gu cinnteach marbh!

Obair 1

Èist ris an òran aig Runrig, Cnoc na Feille: <http://www.youtube.com/watch?v=N97IAGVbb5c>

Obair 2

Ma gheibh thu an cothrom, coimhead am film Faire Chaluim MhicLeòid o Alba Nuadh cuideachd: <http://vimeo.com/7221607>



35. AIG A' CHLADH

Bidh diofar chleachdaidhean aig diofar sgìrean airson mar a bhios iad a' dèligeadh ris na mairbh.

Ma tha thu ann am baile mòr, ma dh'fhaoidte gum bi luaithreachan faisg air làimh. 'S e àite a tha seo far am bi na cuirp gan losgadh. Gheibh teaghlaich an neach a bhàsaich pòit às dèidh làimhe. Ann am bailtean mòra le mòran dhaoine, 's e a' chomhairle a bhios a' cladhach uaighean. Ann an sgìrean dùthchail air a' Ghàidhealtachd, 's e muinnir na sgìre fhèin a bhios a' cladhach uaigh le spaid. Tha seo gu math doirbh nuair a bhios an talamh reòite.

Obair 1

Leugh a' bhàrdachd ghoirid seo mu uaighean agus freagair na ceistean a leanas.

Uaighean – Catriona NicGumaraid

Mhothaich mi anns a' bhaile mhòr
gu bheil iad a' cur nam marbh
an leacan sguèadhra, cothrom, rèidh.
Cha do chuir e iongnadh orm
gun d' thòisich iad air an fhasan san Ath Leathann;
chan fhada gus am bi Parks Department an Dùn Bheagain,
's tilgidh fir Ròdhag bhuapa na spaidean;
cha bhi na h-uaighean tulgach tuilleadh ri cladhach –
freagarrach, 's dòcha, 's gu bheil ar beatha
dhen aon chumadh chothrom rèidh.

- Càit an robh Catriona nuair a chunnaic i na h-uaighean "sguèadhra, cothrom, rèidh"?
- Dè an coltas a tha air na h-uaighean anns an sgìre aig a' bhana-bhàrd? Ciamar a tha iad eadar-dhealaichte on fheadhainn mu dheas?
- Ciamar a tha a' bhana-bhàrd a' nochdad gu bheil beachdan aice an aghaidh nan cleachdaidhean ùra ann am meadhan an dàin?
- Dè an teachdaireachd a tha aig a' bhana-bhàrd san dà loidhne mu dheireadh?
- Dè a' bhuaidh a tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh le ath-aithris air "cothrom, rèidh"?
- Càit a bheil na cladhan sa bhaile agad fhèin?

Uaighean – Catriona NicGumaraid

Mhothaich mi anns a' bhaile mhòr

Loidhne 1 - Mhothaich mi... – dh'fhaodadh a' bhana-bhàrd "Chunnac mi..." a chleachdadadh, ach tha "mhothaich mi..." nas fhasige air ciall gun do "dh'fhairich" i seo.

gu bheil iad a' cur nam marbh
an leacan sguèadhra, cothrom, rèidh.

Loidhne 3 – "an leacan sguèadhra,
cothrom, rèidh" – ìomhaigh làidir air cò ris a tha na h-uaighean sa bhaile mhòr coltach.

Cha do chuir e iongnadh orm
gun d' thòisich iad air an fhasan san Àth Leathann;

Loidhne 4-5 'S ann à sgìre Dhùn Bheagan ann an ceann iar-thuath an Eilein Sgitheanach a bha Catriona NicGumaraid. Tha an t-Àth Leathann ann an ceann a deas an Eilein agus tha i gu math suarach "cha do chuir e iongnadh orm" mu dheidhinn.

chan fhada gus am bi Parks Department
an Dùn Bheagan,

Loidhne 6 - Tha i a' cleachdadadh Parks Department sa Bheurla airson sealltainn cho cùin 's a tha na cleachdaidhean ùra seo.

's tilgidh fir Ròdhag bhuapa na spaidean;

Loidhne 7 – "tilgidh fir Ròdhag bhuapa na spaidean" – loidhne chumhachdach a' sealltainn gum bi iad a' cur an cùl ris na seann cleachdaidhean

cha bhi na h-uaighean tulgach tuilleadh
ri cladhach –

Loidhne 8 – "na h-uaighean tulgach" = bidh uaighean a tha gan cladhach le spaid mar as trice "tulgach", a' ciallachadh gu bheil meall beag orra. (oir tha an ùir air a putadh suas leis a' chiste a tha a-nis na broinn.

freagarrach, 's dòcha, 's gu bheil ar
beatha dhen aon chumadh chothrom rèidh.

Loidhne 9-10 – Tha a' bhana-bhàrd a' creidsinn gu bheil beatha gach neach againn ro choltach ri chèile latha an-diugh – leis gu bheil ar cultar agus ar cànan a' falbh agus tha sinn uile a' coimhead nan aon phrògraman msaa.



36. ÀS DÈIDH A' BHÀIS

Dè bhios a' tachairt nuair a gheibh sinn bàs? 'S e ceist mhòr a tha sin, agus tha diofar bheachdan aig daoine air feadh an t-saoghail mu dheidhinn. Thoireamaid sùil air cuid de na beachdan sin còmhla.

Tha cuid de dhaoine a' creidsinn nuair a gheibh sinn bàs, gu bheil ar spioradan a' dol gu àite iongantach ris an canar nèamh, far a bheil iad air an cuairteachadh le gràdh agus toileachas gu bràth. Tha cuid eile den bheachd gur dòcha gun tig sinn air ais beò mar neach eadar-dhealaichte no eadhon mar bheathach ann am pròiseas ris an canar ath-fheòil-ghabhail no *reincarnation*. An uair sin tha feadhainn ann a tha a' creidsinn gu bheil ar spioradan a' gabhail fois gu sèimh, mar reultan a' dealachadh ann an speuran na h-oidhche.

Ach an robh fios agad gu bheil cuid a' smaoineachadh às deidh dhuinn bàsachadh, gur e sin e? Tha iad a' creidsinn nach eil dad a bharrachd ann, agus bidh sinn nar pàirt de làdar a-rithist, mar na duilleagan a' tuiteam bho chraobhan as t-fhoghar.

Obair 1

Ann am buidhnean no càraidean, dèanaibh cnuasachadh air na puingean a leanas.

- Dè thachras do ar smuaintean agus ar faireachdainnean nuair a gheibh sinn bàs?
- Ciamar a tha diofar sgeulachdan agus thraigheasan bho air feadh an t-saoghail a' smaoineachadh air beatha às dèidh a' bhàis?
- Dè as urrainn dhuinn ionnsachadh bho shaidheans mu na thachras às dèidh dhuinn bàsachadh?
- Saoil carson a tha diofar chreideasan aig daoine mu na thachras às dèidh bàsachadh?
- Carson a tha/ nach eil thu a' smaoineachadh gu bheil e cudromach bruidhinn mu dheidhinn agus tuigsinn dè thachras às dèidh dhuinn bàsachadh?

Obair 2

Anns a' bhàrdachd seo, tha am bard Dòmhnall MacLlip à Beàrnaraigh na Hearadh, far costa Uibhist a Tuath, a' bruidhinn air a nàbaidh, Coinneach. Bha Coinneach suas ann am bliadhnaichean agus air a bhith a' coimhead às a dhèidh tric. Tha Coinneach a' creidsinn ann an Nèamh agus a' feuchainn ri seo a mhìneachadh do Dhòmhnall òg.

Leugh a' bhàrdachd agus, air an ath dhuilleig, gheibh thu mìneachadh air gach rann den bhàrdachd airson do thugse a dhearbadh.

Cuidichidh an tidsear cuideachd le pòsan sam bith a tha doirbh dhut!

B' e 'n saoghal an ceò... - Dòmhnall MacLlip

Bha mi cho òg 's gun do ghabh mi eagal mòr
Nuair a thuit a' cheò, 's mi cluich aig ceann a' bhàigh
Ghrad-theich mi a thaigh Choinnich is ghlaodh mi ris gu h-àrd,
"Tha Uibhist 's e na theine, 's an t-àite tur fo cheò"

"gu cinnteach, tha" thuirt e le teanga gheur,
"Chan eil san t-saoghal seo gu lèir ach ceò;
Gach cnoc is creag is cuan, gach loch is òb,
Airgead is òr, tha iad nan ceò gu lèir."

Sheas e rim taobh san doras, 's chuir e phìob
Ma fheusaig dhuibh bha falach orm a bhèil
'S nuair a dh'fheòraich mi mun teine, thuirt e, "Thèid
Thu ann le cinnt mur bi do bheatha rèidh
Ris an Tì a chruthaich nèamh is grian is reult
'S gach anam truagh tha gluasad fon speur."

Dh'fhàs mi suas is shiubhail mi 'n Roinn Eòrp',
'S nuair a thill mi dhachaigh thuirt mo mhàthair rium,
"Chaochail am bodach bochd," is shil a sùil
Fhreagair mi, "le cinnt, b' e 'n saoghal fhèin an ceò"

"Tha thu a' sireadh fhathast do chait-iùil,"
Ars ise rium, "nach neònach leam mar tha,
Ach gheibh thu mach nach i a' cheò a-mhàin
Tha fo do chomhair aig a' bhàs, a rùin."

Ach feumar uile triall, mar a dh'fhalbh mo nàbaidh caomh
Don tug mi gaol nuair bha mi na mo phàist;
'S mo dhùrachd dha gu bheil e 'n àite nas fheàrr
S' gu bheil an-diugh a' cheò na trusgan Glòir geal ùr

B' e 'n saoghal an ceò...- Dòmhnall MacLlip

Bha mi cho òg 's gun do ghabh mi eagal mòr
Nuair a thuit a' cheò, 's mi cluich aig ceann a' bhàigh
Ghrad-theich mi a thaigh Choinnich is ghlaodh mi ris gu h-àrd,
"Tha Uibhist 's e na theine, 's an t-àite tur fo cheò"



Tha am bàrd a' toirt dhuinn ìomhaigh làidir air balach cho òg 's nach eil e
a' tuigsinn mar a tha an t-sìde ag obair gu ceart. Tha sinne mar leughadair
a' faighinn deagh dhealbh den eilean fo cheò throm.

"gu cinnteach, tha" thuirt e le teanga gheur,
"Chan eil san t-saoghal seo gu lèir ach ceò;
Gach cnoc is creag is cuan, gach loch is òb,
Airgead is òr, tha iad nan ceò gu lèir."



Tha sinn a' faicinn sa bhad mar a tha Coinneach a' cleachdad seo airson innse
dhan bhàrd mar a tha e a' faicinn an t-saoghail – mar rud nach eil ach a' falach
rudan eile. Tha e a' cleachdad uaim "cnoc is creag is cuan" agus càraidean
"loch is òb" agus "airgead is òr" airson buaidh a thoirt air a' bhàrd (mar a tha
am bàrd ga chleachdad seo airson buaidh a thoirt oirnne cuideachd).

Sheas e rim thaobh san doras, is e chuir e phòb
Ma fheusaig dhuibh bha falach orm a bhèil
'S nuair a dh'fheòraich mi mun teine, thuirt e, "Thèid
Thu ann le cinnt mur bi do bheatha rèidh
Ris an Tì a chruthaich nèamh is grian is reult
'S gach anam truagh tha gluasad fon speur."



Tha am bàrd a' toirt dhuinn dealbh làidir air Coinneach - pìob, feusag dhubh.
Tha e a' toirt beachd làidir seachad mu chreideamh – a-rithist, tha dà chiall
ann – an teine a tha a' dèanamh ceò aig an àm sin ach cuideachd "an teine" no
ìfrinn anns a bheil mòran Chrìosdaidhean a' creidsinn dhan tèid thu mura bi thu
a' leantainn beatha mhath.

Dh'fhàs mi suas is shiubhail mi 'n Ròinn-Eòrp',
'S nuair a thill mi dhachaigh thuirt mo mhàthair rium,
"Chaochail am bodach bochd," is shil a sùil
Fhreagair mi, "le cinnt, b' e 'n saoghal fhèin an ceò"



Tha tionndadh anns an dàn far a bheil sinn a' leum bho òige a' bhàird gu bàs a'
bhodaich. Tha fios againn gu bheil mòran ùine air a dhol seachad "shuibhail mi
'n Ròinn-Eòrp'.

"Tha thu a' sireadh fhathast do chait-iùil,"
Ars ise rium, "nach neònach leam mar tha,
Ach gheibh thu mach nach i a' cheò a-mhàin
Tha fo do chomhair aig a' bhàs, a rùin."

Ach feumar uile triall, mar a dh'fhalbh mo nàbaidh caomh
Don tug mi gaol nuair bha mi na mo phàist;
'S mo dhùrachd dha gu bheil e 'n àite nas fheàrr
'S gu bheil an-diugh a' cheò na trusgan Glòir geal ùr'



Tha e mì-chinnteach a bheil am bàrd fhèin a' creidsinn anns an aon rud 's a bha
Coinneach ach tha e an dòchas gun robh e flor do Choinneach. Tha e gu math
follaiseach gun robh meas mòr aige air Nèamh is Ifrinn.

Obair 3

Tha thusa a-nis a' dol a dh'fheuchainn air pìos bàrdachd goirid a sgriobhadh mu chudeigin nach eil beò. Chan fheum thu sgriobhadh mu neach a bha càirdeach dhut no nan caraid – dh'fhaodadh tu sgriobhadh mu neach ainmeil no cuideigin a thug buaidh ort. Faodaidh tu sgriobhadh ann an dòigh sam bith, ach smaoinich air na leanas:

- cuimhneachain mhath agus carson a bha iad cho prìseil dhut.
- na faireachdainean a bh' agad nuair a chaochail iad.
- mar a tha an saoghal an-diugh às an aonais.
- na tha thu a' smaointinn a thachair dhaibh às dèidh dhaibh caochladh.



37. ÌOBAILT

Tha tòrr fhaclan co-cheangailte ri creideamh a tha doirbh a thuigsinn uaireannan. 'S e ìobairt fear de na faclan sin. Dè th' ann an ìobairt? Uill, tha iomadh ciall ann.

'S e ìobairt a th' ann an gnìomh sam bith a nì cuideigin às leth cuideigin no rudeigin eile gun dùil gum faigh iad duais air a shon.

Obair 1

Leugh mu na diofar ìobairtean seo agus freagair ceistean air co-dhiù ceithir aca.

Ìobairt dhaonnda!

Ann an cuid de na seann chreideamhan pàganach, thuirt Iulius Caesar mu dheidhinn nan draoidhean Ceilteach gum biodh iad ag ìobradh dhaoine beò. Tha fianais arceòlach ann bho bhoglaichean ann an Éirinn de chuirp a bha gam marbhadh ann an dòighean àraid mar ìobairt dha na seann diathan Ceilteach, ach cuideachd feumaidh sinn a bhith faiceallach leis na stòran sgrìobhete oir chaidh an sgrìobhadh leis na Ròmanaich, a bha airson sealltainn cho brùideil 's a bha na Ceiltich. Tha sgeulachdan mu dheidhinn ìobairt dhaoine beò riamh air a bhith gan cleachdadh mar dhòigh airson cur sìos air sluagh, gu h-àraidh daoine tùsanach fiù 's chun an latha an-diugh.

- Dè an fhianais a th' againn gun robh na Ceiltich ri ìobairt dhaoine beò?
- Carson a dh'fheumas sinn a bhith faiceallach mu sgeulachdan mu dheidhinn ìobairt den t-seòrsa seo?

Abrahàm is Isaac

Tha sgeulachd anns an t-Seann Tiomnadh mu Abrahàm ag ullachadh airson a mhac Isaac ìobradh do Dhia. Aig a' mhionaid mu dheireadh, tha Dia a' cur reithe (caora fhireann) an àite Isaac. Tha an sgeulachd seo glè chudromach ann an lùdhachd, Crìosdaidheachd agus Islam. Thathar ag ràdh gu bheil an sgeulachd seo airson innse nach robh Dia riamh a' dol a leigeil le Abrahàm Isaac a mharbhadh agus gun robh e airson sealltainn nach robh ìobairt dhaoine freagarrach idir.

- Dè na creideamhan a tha a' creidsinn anns an sgeulachd seo?
- Dè an t-adhbhar a tha air cùl na sgeulachd seo?
- Leugh "Abrahàm is Isaac" le Iain C. Mac a' Ghobhainn.
Ciamar a tha thu a' faireachdainn ga leughadh?

Ìobairt fheòla

Bhiodh na h-lùdhaich ag ìobairt uain, chalmanan agus crodh agus dhèanadh iad seo aig an teampall ann an Ierusalem. Bhiodh an fheòil aig na beathaichean seo ga h-ullachadh ann an dòigh shònraichte agus an uair sin ga losgadh. Bha seo mar rèiteachadh ri Dia, agus gan cuideachadh le maitheanas pheacaidhean. Leis nach eil teampall ann an Ierusalem tuilleadh on a chaidh a leagail leis na Ròmanaich, chan eil lùdhaich air ìobradh o chionn cha mhòr dà mhìle bliadhna.

- Dè an seòrsa bheathaichean a bhiodh na h-lùdhaich ag ìobradh?
- Carson a bhiodh iad ag ìobradh bheathaichean?
- Carson nach bi lùdhaich ag ìobradh tuilleadh?

An Ceusadh

Ann an Crìosdaidheachd, bidh Crìosdaidhean a' faicinn bàs Chrìosda air a' chrann-ceusaидh mar ìobairt às leth an t-saoghal air fad. Do Chrìosdaidhean de gach seòrsa, Caitligich, Pròstanaich agus eile, 's e an ceusadh am prìomh thachartas, chan ann a-mhàin sa chreideamh aca, ach ann an eachdraidh an t-saoghal. 'S e ìobairt a bh' ann a bha a' glanadh air falbh pheacaidhean an t-saoghal air fad. 'S e Uan Dhè a chanar ri Crìosda gu math tric, agus bidh ealain Chrìosdail gu math tric a' samhlachadh ìosa mar uan, no a' cleachdadadh ìomhaighean eile co-cheangailte ri caoraich.

- Dè tha ag innse dhuinn gu bheil an ceusadh air leth cudromach do Chrìosdaidhean de gach seòrsa?
- Dè an samhla a tha air a chleachdadadh airson Crìosda gu math tric? Carson a tha seo freagarrach? Smaoinich air an earrainn mu ìobairt feòla.

Trasgadh

Ach chan eil ìobairt an-còmhnaidh mu dheidhinn bàs. Faodaidh e a bhith mu dheidhinn cur rudan eile air thoiseach ort fhèin. Tha mòran chreideamhan a' cur ìobairt an sàs tro dhòighean eile mar trasgadh – sin agad a' dol às aonais biadh. Tha gach creideamh a' cumail ri cleachdaidhean mar seo gus am bi iad a' cuimseachadh air Dia (no diathan no rudan naomh eile) ann an dòigh nas èifeachdaiche.

Ann an Hinduthachd bidh daoine a' dol gun bhiadh rè ùine, agus gu dearbh ann an Islam, 's e Ramadan an t-àm as cudromaiche sa bhliadhna, nuair a bhios Muslamach sam bith a tha fallain a' seachnadh biadh no deoch eadar èirigh na grèine agus beul na hoidhche airson cha mhòr mòs.

- a. Carson a bhios daoine a' cumail trasg airson adhbharan creideimh?
- b. Cuin nach bu chòir do Mhuslamaich a bhith ag ithe tro Ramadan?
- c. Dè cho fad 's as urrainn dhut a dhol gun bhiadh?

An Carghas

Ma dh'fhaoidte gun do rinn thu Latha nam Foileagan roimhe. 'S e seo Dimàirt uaireigin sa Ghearran, 40 latha ron Chàisg. 'S e seo an latha mu dheireadh ron Charghas agus bidh daoine ag ullachadh air a shon le bhith a' cur gu feum rudan milis mar siùcar. Mar sin, bidh mòran Chriosdaidhean, gu h-àraidh Caitligich, a' dèanamh ìobairt aig àm a' Charghais le bhith a' seachnadh rudeigin a tha a' còrdadh riutha. Tha seo a' nochdadh mar a dh'fhuiling ìosa 40 latha is oidhche anns an fhàsach.

- a. Dè cho fada ron Chàisg 's a tha Latha nam Foileagan?
- b. An do leig thu càil seachad airson a' Charghais riamh? Dè leigeadh tu fhèin seachad airson 40 latha?

Fulang

Uaireannan, tha ìobairt a' ciallachadh gu bheil thu a' fulang às leth dhaoine eile. Bhiodh am bogsair ainmeil Muhammad Ali a' fulang nuair a dhiùlt e a dhol dhan chogadh ann am Bhietnam air sgàth a chreideimh. Chaill e a thiotal mar Shàr Laoch an t-Saoghail agus chaidh casg a chur bho bhith a' bogsadh airson còrr is dà bhliadhna. Chan fheum thu a bhith cràbhach airson ìobairt a dhèanamh. Chuir Nelson Mandela seachad fichead 's a seachd bliadhna anns a' phrìosan air sgàth 's gun robh e a' strì às leth chòraichean dha na daoine dubha ann an Afraga. Ann a' Chuimrigh agus ann an Èirinn, tha daoine air a dhol air stailc acrais, chan ann air sgàth creideamh mar na daoine a leanas Ramadan no leithid, ach airson adhbharan politigeach. Gu math tric, tha daoine a' dèanamh nan rudan seo le sùil air an àm ri teachd. 'S dòcha nach fhaic iad fhèin buannachd, ach chì ginealaichean eile an toradh.

- a. Ciamar a bha Muhammad Ali a' fulang air sgàth nam beachdan aige?
- b. Minich dè th' ann an stailc acrais?
- c. Cò eile as aithne dhut a dh'fhuiling air sgàth am beachdan no an creideimh? An d' fhuair iad buaidh aig a' cheann thall?

Carthannas

Ach seach a bhith a' marbhadh rudan, a' seachnadadh rudan no a' fulang droch-dhìol, 's e an ìobairt as cudromaiche an cuideachadh agus an t-seirbheis a bhios daoine a' toirt seachad às leth dhaoine eile. Ma tha thu a' toirt seachad ùine a' cumail taic ri daoine sa choimhearsnachd, no a' togail airgid le bhith a' dèanamh rèis fhada, 's e ìobairt a tha sin. Faodaidh tu a dhol a-null thairis ag obair do charthannas no cuairt mhòr a ghabhail. 'S e sin a rinn an seann chluicheadair ball-coise Albannach, Graham Souness. Aig aois 70, shnàmh e Caolas Shasainn às leth nighean bheag, Isla Grist, às an Eilean Dubh a bha a' fulang le tinneas, epidermolysis bullosa, a tha ag adhbhurachadh gu bheil i ann am pian cianail fad na h-ùine.

- a. Dè tha an sgrìobhadair ag ainmeachadh mar an ìobairt as cudromaiche?
- b. Cia mheud dòigh a tha an sgrìobhadair ag ainmeachadh mar ìobairtean as urrainn dhuinn fhèin a dhèanamh?
- c. Dè bhiodh tusa deònach ìobradh?



MEASADH 1 - Sgeul logantach

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a leanas.

Is ann a' fuireach an Sasainn a tha Seumas MacLeòid agus a bhean, Sìne, ach tha gaol mòr aca air a' Ghàidhlig agus bidh e fhèin agus a bhean a' tighinn a dh'Alba cho tric 's as urrainn dhaibh. An uair a bha iad a' cèilidh orm anns an t-samhradh, dh'inns iad sgeul dhomh a chuir iongnadh orm.

Aon bhliadhna bha iad air cuairt agus a' cur seachad beagan làithean ann an Cille Chuimein. Ann an taigh-òsta anns an robh iad a' fuireach, thachair iad air teaghlaich Sasannach, fear is bean agus mac fichead bliadhna a dh'aois. B' e am mac a bha leis a' chàr. An dara oidhche bha iad ann an taigh-òsta, chunnaic bean Sheumais bruadar neònach a chuir eagal oirre, agus anns a' mhadainn dh'inns i dha mun bhruadar. Thuit Sìne, "Chunnaic mi droch bhruadar a-raoir mun teaghlaich Shasannach. Bha iad anns a' chàr aca, air rathad cumhang agus thàinig iad air cairt mhòr le luchd àrd feòir oirre. An uair a bha iad a' dol seachad air a' chairt, thuit a' chairt air mullach a' chàir agus chaidh an teaghlaich a bha anns a' chàr a mharbhadh. "Chunnaic mi na cuirp aca nan laighe air an rathad agus bha an rathad còmhdaichte le fuil." Rinn Seumas, an duine aice gàire, agus thuirt e, "Sin agad an càise no an sitheann-fèidh a dh'ith thu a-raoir."

Nuair a bha an dà theaghlaich còmhla a-rithist feasgar, dh'inns Sìne do na Sasannaich mun bhruadar eagalach a chunnaic i. "Bidh sibh ag ràdh gu bheil mi gorach," thuirt Sìne, "ach shaoil leam gum bu chòir dhomh innse dhuibh."

Mìos an dèidh sin, an uair a bha Seumas agus a bhean air ais dhachaigh ann an Sasann, thàinig litir bhon teaghlaich a bha còmhla riutha anns an taigh-òsta agus sgùrobh a' bhean, "Air an rathad dhachaigh, faisg air Dùn Èideann, rug sinn air carbad fada làn chraobhan, agus bha mo mhac, Iain, dìreach a' dol a dh'fheuchainn seachad an uair a chuir mi mo làmh air a ghualainn, ag ràdh, 'Na rach seachad an-dràsta, cuimhnich air a' bhruadar!' Agus – a bheil fhios agad – cha mhòr gun creid thu seo – ro cheann mionaid, rinn an carbad a bha romhainn fuaim neònach, chaidh an aiseal-dheiridh na dà leth, agus thuit dà chraoibh mhòir dìreach far an robh sinne air a bhith. Bidh sinn taingeil gu bràth gun do dh'inns thu dhuinn mun bhruadar a chunnaic thu an oidhche ud."

- a. Dè tha a' sealltainn gu bheil meas mòr aig Seumas is Sìne air a bhith a' tighinn a dh'Alba?
- b. Dè cho fada 's a bha iad ann an Cille Chuimein?
- c. Gu mionaideach, inns cò bh' anns an teaghlaich ris an do choinnich iad.
- d. Tha droch bhruadar aig Sìne. Dè an suidheachadh a tha ann aig toiseach a' bhruadair?
- e. Dè chunnaic Sìne às dèidh na tubaist?
- f. Dè bu choireach ris a' bhrudar a rèir Sheumais?
- g. Dè tha a' sealltainn nach robh Sìne ro chinnteach mu innse dhan teaghlaich Shasannach mun bhruadar?
- h. Ciamaр a tha iad a' faighinn a-mach gun robh Sìne ceart?
- i. Minich mar a thachair anns an tubaist.
- j. Ciamaр a bha an teaghlaich a' faireachdainn mu na rinn Sìne?
- k. Dè an seòrsa sgrìobhaidh a tha seo?

i. Sgrìobhadh Os-nàdarra

ii. Sgrìobhadh Fiosrachail

iii. Bàrdachd



MEASADH 2/3 - Taisbeanadh

Tha thu a' dol a dhèanamh pròiseact le taisbeanadh mu aon de na cuspairean a rannsaich thu san aonad seo



- Thig gu aonta le do thidsear mun chuspair.
- Tagh tiotal agus trì fòcasan airson an rannsachaidh.
- Lorg goireasan freagarrach.
- Dèan rannsachadh agus trusadh air an fhiosrachadh agus cuir e ann an aithissg (mu 500 facal).
- Ullaich an taisbeanadh ('s dòcha gum bi PowerPoint no goireasan den t-seòrsa sin feumail).
- Dèan an taisbeanadh agus freagair ceistean chàich.

Tagh aon chuspair bho:

Coinneach Odhar.

An Dà Shealladh.

Coimhearsnachdan Muslamach ann an Alba.

Call air na h-Eileanan Flannach.

Calum Cille (no Naomh sam bith eile le ceangal ri Alba).

Crìosdaidheachd air a' Ghàidhealtachd.

FACLAN FEUMAIL

rannsachadh (m)	sgrùdadadh
a' rannsachadh	a' sgrùdadadh
Fhuair mi a-mach	Fhuair mi fiosrachadh
Fhuair mi a-mach gu bheil...	Fhuair mi fiosrachadh gu bheil...
Thàinig e am follais gu bheil/gun robh...	Dh'fhàs e follaiseach...
Thàinig e am bàrr gu bheil/gun robh...	Nochd fiosrachadh gu bheil/gun robh...
Bha e inntinneach leughadh gu bheil...	Bha e iongantach faicinn gu bheil...
Tha e coltach gu bheil...	Tha coltas gu bheil...
Chanainn gu bheil...	Saoilidh mi gu bheil...
Ge-tà	Ach
A rèir choltais...	Tha e coltach...
A bharrachd air a sin...	Agus cuideachd...
Chleachd mi...	B' àbhaist mi...
Bha e gu math feumail...	Bha e glè chuideachail...
Cha robh e gu mòran feum...	Cha robh e ro chuideachail...
Chòrd e rium a bhith a' rannsachadh a' chuspair seo	Bha e na thlachd dhomh an cuspair seo a sgrùdadadh
Bha e caran duilich an cuspair seo a rannsachadh	Bha e doirbh an cuspair seo a sgrùidadh
Anns an dealachadh	Anns a' cho-dhùnadadh

Feumaidh tu co-dhiù dà stòr no dà thùs a chleachdadadh. Tha am pasgan seo làn de thùsan no ceanglaichean ri stòran air-loidhne. Cuidichidh an tidsear thu feadhainn a lorg.



MEASADH 4 - Camino de Santiago

Èist ri Màiri Rothach ag aithris mun Chamino de Santiago – slighe coiseachd anns an Spàinn aig a bheil ceangal làidir ris a' chreideimh Chrìosdail.

Freagair na ceistean a leanas às dèidh èisteachd ris an earrainn trì tursan.

Bidh mòran a' siubhal air slighean coiseachd leithid Slighe na Gàidhealtachd an lar airson iomadh adhbhar: slainte a leasachadh, dùblan a dhèanamh, no airgead a thogail. Chan ann tric a nì duine seo airson adhbharan creideimh.

Ach bhiodh daoine a' coiseachd no a' dèanamh taistlealachd airson adhbharan creideimh mar chleachdad. Tha taistlealachd a' ciallachadh gu bheil thu a' dol gu àite air sgàth 's gur e àite naomh a th' ann. Ann an Islam, feumaidh gach Muslamach aig a bheil an comas, a dhol gu Mecca co-dhiù aon uair nam beatha, agus ann an Crìosdaidheachd, ann an Alba fhèin, aig aon àm bhiodh slighean trang le taistlealaichean a' dol gu Cill Rìmhinn ann am Fiobha, Eilean ì ann an Earra-Ghàidheal agus Baile Dhubhthaich air a' Ghàidhealtachd.



Math dh'fhaodte gur e an taistlealachd Chrìosdail as ainmeile Camino de Santiago – faisg air baile Santiago de Compostela ann an Galicia ann an ceann a tuath na Spàinn. Tha mòran shlighean eadar-dhealaichte air a' Chamino, cuid a' leantainn costa Phortagail, cuid ag eirigh tro na beanntan bhon Fhraing, agus fiù 's tè a' tighinn thar a' chuain à Sasainn. Bidh na mìltean a' cur crìoch air a' chuairt aca anns a' chathair-eaglais a tha ann am meadhan an t-seann bhaile agus bidh iad a' faighinn teisteanas sònraichte.

Dè as coireach gu bheil daoine a' tighinn cho fada dhen cois airson adhradh a dhèanamh?

Thathar a' creidsinn gur ann ann an ciste airgid sa chathair-eaglais a tha na cnàmhan aig Naomh Seumas, fear de na deisciobail aig Iosa Criod. Tha e clàraichte anns a' Bhìoball gur e Seumas a' chìad deiscobal a chaidh a chur gu bàs le dì-cheannadh air sgàth



a chreideimh. Tha a chlaigeann fhathast ann an eaglais ann an Ierusalem, ach a rèir beul-aithris, chaidh a chorp a ghiùlan dhan Spàinn far an robh e air a bhith a' searmonachadh roimhe. A rèir na sgeulachd chaidh an corp air chall, ach lorgadh e bliadhnaichean às dèidh làimhe oir bha reul soilleir os cionn an àite far an robh an corp. Thogadh a' chathair-eaglais air an lèrach agus 's e fhathast an treas àite as naoimhe do Chaitligich às dèidh na Ròimhe agus Ierusalem.

'S e gnìomhachas mòr a th' anns a' Camino agus tha clachan-iùil le suaicheantas a' chreachainn (samhla Sheumais) a' stiùireadh dhaoine a tha a' fuireach anns na taighean-òsta agus anns na h-ostailean ris an canar albergues a tha air feadh na slighe. Annas na h-àiteachan seo gheibh na taistealaichean fois on rathad, beagan biadh sìmplidh mar trosg agus buntàta agus cuideachd glainne fion no uisge. Aig gach stad air an t-slighe, bidh iad a' coinneachadh ri daoine bho air feadh an t-saoghal agus a' faighinn comharra air an cead-siubhail a dh'fheumas iad airson teisteanas taistealaiche fhaighinn.

San latha a th' ann, chan eil a h-uile duine a' dèanamh a' Camino airson adhbharan creideimh, ach chan eil neach sam bith ga dhèanamh nach eil air atharrachadh às dèidh an turais shònraighe a tha seo.

1. Carson a bhios daoine a' coiseachd air Slighe na Gàidhealtachd an lar? Thoir seachad dà adhbhar.
2. Mìnich 'taistealachd' nad fhaclan fhèin.
3. Càit a bheil Galicia a rèir na h-earrainn?
4. Cò ris a tha an t-slighe Camino a tha a' tòiseachadh san Fhraing coltach?
5. Dè tha air innse dhuinn mu bhàs Naomh Sheumais?
6. Ciamaid a fhuair iad lorg air cnàmhan Sheumais?
7. Dè tha air na clachan-iùil air a' Camino agus carson a tha seo cudromach?
8. Dè gheibh na taistealaichean anns na taighean-òsta agus anns na h-albergues?
9. Ciamaid a tha an Camino air atharrachadh gu bhith nas coltaiche ri slighean coiseachd ann an Alba?
10. Dè tha flòr mu neach sam bith a nì an Camino, a rèir an neach-labhairt?
11. A' smaoineachadh air an earrainn air fad, agus a' cleachdadh fianais airson taic a thoirt dha do fhreagairt, dè cho soirbheachail 's a tha an neach-labhairt ann a bhith ag innse cho cudromach 's a tha taistealachd do dhaoine?